

NATIONAL
LIBRARY
OF SCOTLAND

I. 37. f.

National Library of Scotland



B000178642



Roderich MacLowan

Edinburgh
1 July 1927

ORAIN

"Mòr & Leabhar na Tèinne"

Campbell of Islay 25-2.
GHAIDHEALACH.

LE

DOMHNULL MAC-AN-ROICH.

Sibhse leis an deoin,
Ceol thoirt a dh'aindeoin,
Feuchadh so le'r meoir,
Na soradh sreath dheth
Feuchadh 'n cor le'r cluais,
Le cruadhas daingeann ;
'S mar binn leatha 'n fhuaim,
Nuais leth' o'n fhaillean.

DUN-EIDIN :

Clo-bhualte airson an Ughdair,

LE THORNTON AGUS COLLIE,

SRAID DHAIBHIDI, AN NAOMH.

1848.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

DO

C. MAC DHOMHNUILL MAC ALASDAIR,

TRIATH, INNISTRINICH, TAOBH-LOCH-ODHA.


UASAIL URRAMAICHI,

A thaobl agus nach eil mi aineolach air meud do speis do na gaidheil, agus d'a 'n cleachdan ghabh mi do dhanadas orm fein an obair bheag so a chuir fo d' churam ; fiosrach gu 'm bi an oidhirp taitneach leat, faoin mar tha i, agus gu 'n dean thu do dhichioll clum a sgaoileadh amach air feadh muinntir do dhuinneha.

Bha 'n dream uasal, urramach on ghineadh thu ; (Ceud Dhomhnuillich Shleibhte) o thus foghainteach air chul na'n Gaidheal gan comhairleachadh agus gan treorachadh anns gach gniomh mor agus cliutach ; si so do dhoigh-sa, air an la 'n diugh, agus cinnteach tha mi gu'n, lean i riut fad laithean do bheatha. Ma se agus gu'm faigh thu bheag, na mhor do thoil-inntinn o leughadh nan duanagan so, agus gur h-urradh dhiut amharec thairis air na failinnean, bitidh mi lan toilichte. — Thu bhi fada beo air ceann do theaghlaich ann an saibhreas, agus ann an sonas si guidhe durachdach do sheirbhaisich dhileas, agus fior umhal.

DOMHNULL MAC-AN-ROICH.

DUN-EIDIN : }
DARNA MIOS
AN T-SHAMHRUIDH, 1848. }



ROMH-RADH.

RINNEADH a chuid mhór do na h-Orain so leis an Ughdair o am gu h-am ann an abhachd, gun an smuain bu lugha air an cuir gu brath ann an clodh, ach o chomh-airle dhaoine uaisle, cairdeil, Gaidhealach ; tha iad a nis air ann taigse do'n t-shaoghal ann an duil gun d' toir iad cail-eigin do thoilinntiu do mhuinntir a dhunthcha ; gu h-araid do'n oigridh, air dhoibh cruinneachadh ann an ceann a cheile air oidhchean fada Geamhraidh a reir cleachda.

Cha n-eil an t-Ughdar idir am beachd gu 'm bheil iad saor o mhearrachdan, s-fada ghabh so naithe ; ach tha e ann dochas gun teid amharc thairis air na failinnean, agus gun teid gabhail ris an obair le caoimhnealachd ghnathaichte luchd aiteachadh nam beann.



CLAR-INNSIDH.

	Taobh-duilleig
Oran Ur,	17
Oran Shroineaseair,	20
Oran do Chnoe na h-Isle,	25
Oran nan Gabhar,	26
Rann Piorraid,	27
Oran na h-Abhaig,	28
Oran a Chiobair,	31
Rann Coluinn,	34
Curstan mhor, agus an Tanasg,	35
Oran am freagradh do dh' oran le I. Macantshaoir,	36
Oran Jain Chaimbeul, Leirg-nahuinsean,	37
Oran do Mhae Alasdair, Triath, Innistrinieh, Taobh- Loch-Odha,	38
Marbh-Rann Mr Uilleam Chaimbeul, Achalian,	39
Oran do Mr Iain Caimbeul, Ederlin,	40
Oran ann an am Gleannan fhagail,	41
Oran an Eich,	42
Rann ri am Iasgaich,	43

	Taobh duilleig.
Oran do'n treas Niall Malcolm, Triath, Pholtalloch,	44
Oran de Mhairi Nic an Roich, - - -	45
Oran, mar gu'm ban le nighean og da leannan,	46
Oran do dh' Alasdair Mac a Ghobhan, Ollamh, Rndail, - - - - -	47
Rann do 'n Ollamh Mac Eallair, - - -	48
Rann do Chaitpean Niall Mac Lachuinn, Choille- an-ochanaich, - - - - -	49
Rann do Mhaighistir Dugall Mac-na-Cearda, Chille-chumaig, - - - - -	ib.
Oran do'n Drobhair Mac Ilip, - - - - -	50
Rann do Dhughall Mac Phail, na h-Eurach,	50
Oran Ncelli, - - - - -	51
Rann do Mhaighistir Iain Mac Bheathan, -	52
Oran do Mhaighistir Dughall Mac na Cearda, Baillidh, Chinntire, - - - - -	53
Rann, air don Ughdair a bhi air aoidheachd maille ri Leighiche og ann an Tigh Mhaighis- tir Iain Mhic Eallair Cheann-loch-Caolasaid,	54
Oran do Dhonull og Mac Lachuinn, - - -	ib.
Oran do dh' Iain Caimbeul, an t-Shiornam, -	55
Oran Gaoil, - - - - -	56
Marbh-rann do dh' Ollamh Mac Eallair, Cheann- loch-Gilb, - - - - -	57
Oran do Mhac Alasdair, Triath, Innishtrinich,	58
Oran do Mhaighistir Colla Mac-Dhughail, Chrnachain,	59
Oran mu Dhonull Car, Charrain, - - -	60

Taobh-duilleig.

Rainn ri am Deuchainn a dhith airgiod,	-	61
Oran do dh' Iain Mac Dhughail, Triath, Lunga,	-	62
Oran do Bhan-dinichd Earraghlaidheal,	- -	64
Oran do Mhaighistir Iain Caimbeul, Ederlin,	-	65
Oran do Niall og Mac Fhearais,	- - -	68
Oran do Bhalachan Buachaill,	- - -	69
Oran do Dhonnacha Mac Ilip,	- - -	71
Oran do Mhaighistir Iain Camshron,	-	ib.
Oran do Bhalachan, mar gu ban le Mhathair,	-	73
Rann Misi,	- - - - -	75
Oran do Dhrobhairean uasail Donnacha Graham, Bhlaир-thullachain, agus Cailean Caimbeul, Phrospect,	- - - - -	ib.
Oran do Mhaighistir Lachlann Mac Lachuinn, Choille-an-Ochanaich,	- - - -	76
Oran do Iain Caimbeul, Achtnacloiche,	- -	77
Rann air-son Leac-lighe Caraíd,	- - -	79
Marbh-rann do'n darua Niall Malcolm, Triath, Pholtalloch,	- - - - -	ib.
Oran do Ghilleasbuig Mac a Ghaoil, Caipcein na h-Inbhear-aoradh,	- - - - -	80
Raffle Niall Mhic Phail	- - - -	82
Rann do Nighean Og,	- - - -	83
Oran do dh' Iain og Mac an t-Shaoir, Clachair,	-	84
Rann do mhaighdean og uasal a bha gu posadh,	-	85
Oran do Bhantrich og uasal,	- - - -	ib.
Rann a Gobhainn,	- - - - -	86

	Taobh-duilleig.
Oran do Nighean Og a bha gu posadh,	- 86
Oran Gaoil,	- - - - - 87
Oran Mharsaili,	- - - - - 88
Oran do'n te Cheudna,	- - - - - 89
Oran do Ghur, a leag Cailcag og,	- - - - - 90
Oran do Dhughall Mac Calum,	- - - - - 91
Oran do Bhalachan Buachaill,	- - - - - 92
Oran le Nighean a bha call a leannan,	- - - - - 94
Oran an Eich Bhain,	- - - - - 95
Oran do Pheggi Dhughallach,	- - - - - 96
Oran do Churst Nic Griogair,	- - - - - 97
Rainn an am dol Seachad air Cill anns an robh dearbh Charaid Tiodhlaichte,	- - - - - 98
Oran Gaoil,	- - - - - ib.
Comhairle do Chaileag og,	- - - - - 99
Oran do Mhaighistir Alasdair Mac Artair, Inbhear- aoradh,	- - - - - 100
Oran an Eich-uidhir,	- - - - - 101
Oran, mu Iorguil,	- - - - - 103
Marbli-rann do Dhonull Mac Ille-Mhaoil, Maor- Righ,	- - - - - 104
Oran air dou Ughdair a chluinntinn gu'm facas a thannasg,	- - - - - 105
Oran Gaoil,	- - - - - 108
Oran air am dol do Lunga troimh 'n Chuan,	ib.
Oran do dh' Iain Mac Phail, 'sa Mhuilcann-dubh,	110
Oran do Dhonull Buchanan, ann an Lunga,	- 111

	Taobh-duilleig.
Oran do Shiusi Nic Pharlan,	- - - - 112
Oran do'n te Cheudna,	- - - - 113
Oran do Chiobair,	- - - - 114
Rainn do Ghilleashnig og Mac Lachuin, Ach-aghearrain,	- - - - 116
Oran do Pharuig Dughallach, Fhiula,	- - - - 117
Rann Coluinn,	- - - - 118
Oran do Nighean og,	- - - - ib.
Oran air do'n Ughdair tighinn dachaidh oidhche anamoch,	- - - - 119
Rann do Sgoillear og a bha luidhe leis an Ughdair,	121
Oran le Mathair do leanabh Gille,	- - - ib.
Rann do Mhaighistir Iain Car, Drobhair,	- 122
Oran do Mhaighistir Alasdair Mac an Aha, Ministear,	123
Rainn do Mhaighistir Iain Mac Lachuin, Bhraigh- ghlinne,	- - - - - ib.
Oran do Nighean og,	- - - - 124
Cuibhle an Fhortain,	- - - - 125
Oran Luaign,	- - - - - ib.
Oran do Cheit Nic an t-Shaoir ann an Luinn,	126
Oran do Mharsaili,	- - - - - 127
Oran mar gu'm ban le Nighean og	- - - 129
Oran do Chaileag og,	- - - - - 130
Oran Craig-innisheacb,	- - - - - 131
Marsaili agus an Lucb,	- - - - - 132
Rann do dh' Iain dubh nan Eun,	- - - - - 133

Taobh-duilleig.

Oran do dhuine uasal og a tha ann am Banc,	
Ler-uic (Maighistir Leisg,) - - -	133
Oran do dh' Fhear Innistrinich, - - -	134
Oran do Mhaighistir Donnacha Mac an Nuir,	135
Romas agus na Briogaisean, - - -	137
Oran do Churstan mhor Nic Caoidh, -	138
Rainn cadar ant-Ughdair agus eaileag Ghaidhealach ib.	
Oran do Mr Gilcasbnig Crawford, Drobhair,	139
Oran do dh' fhear a bha a falbh le mart reamhar chum a marbhadh, &c. - -	140
Oran do dha Dhuine uasal Ghaidhleach, -	141
Oran do Mhaighistir Daibhidh Cro, - - -	142
Oran do Mhaighistirean Donnacha agus Iain Mac Calum, ann an Dun-edin, - - -	143
Cearc na Caillich, - - - - -	144
Oran do Chailcag og, - - - - -	145
Oran Iseabal Nic Colla, - - - - -	ib.
Oran do Mhairi Nic Colla, - - - - -	146
Rann air Eadar-theangachadh, - - - - -	147
Oran a rinneadh ann an Zetland, - - -	148
Oran do Mhaighistir Paruig Carron, - - -	150
Oran do Nighean Og, - - - - -	151
Oran na Gaibhre, - - - - -	152
Oran do dh'fhear a fhuair ord ur clach, -	153
Rann Coluinn, - - - - -	ib.
Oran do Mhairearad Nic an t-Shaoir, -	154

Taobh-duilleag.

Marbh-rauu do Choirneal Uillcam Mac-an-Roich		
Inbhear-aoradh,	- - - - -	155
Tuireadh,	- - - - -	157
Oran do Mhaighistir Iain Mac an Aba, Chille-		
Mhartuinn,	- - - - -	158
Oran mu Nineagan og uasal,	- - -	159
Oran a Bhotail,	- - - - -	160
Fograiche Erin,	- - - - -	161
Oran don Urramach Alasdair Mac Eallair, Ministear		
Gaidhealach, Dhunedin,	- - - -	163
Leighe na T—nc,	- - - - -	164
Marbh-rann do Chaitpean Seumas Mac-an-Roich,		166
Oran, le Alasdair Mac Dhomhnuill,	- - -	171
Oran le Eobhan dubh Mac Lachuin,	- - -	172
Tuireadh na'n Cailleach, le Iain Mac Lachuin,		
Luinne,	- - - - -	174
Orain leis an neach cheudna,	- - - -	176
Oran a chaidh fhaotainn o Chaitpean Deorsa		
Caimbeul, Fear ua h-Ardlarach,	-	178
Oran do Mhaighdean oig Uasal,	- - -	180

ORAIN GHAILIDHEALACH.

ORAIN GHAILDHEACH.

ORAN UR.

Fionn.—“Calum a Ghlinne.”

Bu mhiann leam an am,
Mo rann thoirt seachad,
Mu thir nam beann,
Na'u gleann, 's nam breacan,
'S na'n gaisgeach tha gleust';
Nach geill le meatachd :
Nuair chuirt orra feum,
Bu trcun san fheachd iad,
Le'n reachdmhorachd chor.

Na fir nach robh fann ;
'Se 'n daingneach ehlcaehd iad,
An claidheamh nan laimh,
'S dol dh'ionnsuidh leaeain ;
Thoirt coir 'mach gun taing ;
O naimhdibh eilth'reach
Cait' 'n cualas riamh 'n gniomh,
'San strigh bha 'm Breatunn,
'Sa gleachd ri Righ Deors.

Muim'-altrom nam Bard
 A b'f hearr 'sa Chruinne,
 A bhrosnachadh chaich
 Le'n Gaelig fhilcant';
 Nar chuirte am blar,
 Chluinnt' ard an luinneag,
 Aig innseadh an stath,
 O Mhal Mhic-Cruimein,
 Piob uigheamaicht' mhor.

Bi sud an sgal aigh
 Chuir Ghaidheil air mhirreadh,
 Chuir spiorad 'nam por,
 Ann 'toir 's an 'iomairt ;
 Cha thilleadh iad beo
 On cheol bu bhinne,
 A labhairt ; cha mhor
 Mar b' choir dhoibh imeachd
 A' misnich, le deoin.

Tir an daimh chabraich
 Nach d' fhairich an sgian,
 A gheibhite le Eilid,
 Mn fheadan 'san t-shliadh ;
 Nar chuirte ris peileir,
 Be sgreadaile mo mhiann,
 'Tnitcam na bhrcislich
 Air leth-taobh, 'san fhiar
 Is mial chu na sgorn.

Tir a chruidh ail,
 Air airidh glinne,

Gam bleothan le mnai',
 Gach trath mar thigcadh ;
 Le Innnegan tlath
 Do 'n chanain mhilis ;
 Toirt cobhar mn chlar
 Troimh lamh 'na nighean
 Nach tilleadh 'n deoch-roid.

Crodh ciar-dhubh, mo ghraidh
 Si 'm bairich thuiginn ;
 Uap thigeadh am 'mal,
 Le 'n al 's lc 'n sileadh ;
 Be 'n im, is an cais'
 An t-annlan shirinn ;
 Thogail nam paistean
 Alluin, smiorail,
 An cinneas, 'san treoir.

Tùr a bhuntata,
 Caite an cinneadh ?
 Na bheireadh air barr,
 E ghnath cho tioram,
 'S nach faighte gin slan
 Dhiu ; far an tcine
 Ach broinneagach ban,
 Lc cnaimh 'n taobh stigh dheth,
 Ged leagh dheth an cot'.

Fearann, an Eorna,
 Is boidhiche shirinn,
 'S e 'n abachd gu leoир
 Mar or a Ghnini ;

'S air dha tighinn gu mod,
 O chloir troimh inneil ;
 Bhith'dh bruidhuin mu bhord
 'S na sgeoil bu ghrinne
 O chridhe, gach seoìd.

ORAN SHROINEASCAIR.

Fonn.—“*Tha ghaoth niar cho chaithreamach,*” §c.

Gur tursach trom tha m' aigne-sa,
 Air cluinntinn sgeul nach fhada dhomhl,
 San fhonn so anns na tharruing mi
 Cheud anail, ann am shroin,
 San fhonn so anns na tharruing mi
 Cheud anail ann am shroin.

Bhi fagail gleann an eibhinnis,
 'S na sroin tha 'n suil na grcine, moch,
 Dh' fhag sud mo chridh cho eisleanach,
 'S nach eirich e le ccol.
 Dh' fhag sud mo chridh cho eisleanach,
 'S nach eirich e le ccol.

Lc conadh an naonar phicathraichcan
 Tha glcidhcadh ciuil is aidhcarruinn :
 Le dicheall bheir mi oidhirp,
 Air a chliu air 'n airidh 'n t-sroin.
 Lc dicheall bheir mi oidhirp,
 Air a chliu air 'n airidh 'n t-sroin.

Tha h-aitreabh gheal is riomhaiche,
 Fo chomhdach sgleata dionaichte,
 Far an tric 'n robh fuaim na pioba ;
 Aig cloinn Ibhir 's fion ga ol.
 Far an tric 'n robh fuaim na pioba ;
 Aig cloinn Ibhir 's fion ga ol.

Mar chan am bard nach maireann dhuinn ;
 Cha d' dhiomasaiach clann Eallair i.
 Ri'n linn-san bu bhinn caithreamach,
 Luchd calaidh do gach seors',
 Ri 'n linn-san bu bhinn caithreamach
 Luchd ealaidh do gach scors'.

O chrioch gu crioch tha *hawthorn*
 Cuirt' air gach taobh da rathadan :
 Bu mhiannach leam an t-sraideamachd ;
 Na h-uile la ri'm bheo.
 Bu mhiannach leam au t-sraideamachd
 A h-uile la ri 'm bheo.

Nuair dhireas snodhach 'n ard anna,
 Sa bheothaichcas e 'n cailcachd sud ;
 Bruchdaidh 'm blath is aile, mach,
 O bhun, gu bar am meoir.
 Bruchdaidh 'm blath is aille, mach
 O bhun, gu bar am meoir.

Gur sgiamhach fiambh na draighcann ud,
 Sa chulaidh bhainnis ud thairis uimp :
 Gach craobh mar sheudar *Phalestine*,
 Toirt oidhirp air na neoil.
 Gach craobh mar shcudar *Lebanon*
 Aig eiridh ris na neoil.

Nuair dhinntrichinn a paircean sud,
 'San t-shamhradh 's iad nan aillealachd :
 Bu tuis 's bu mhir am faileadh leam
 Bhith tighinn o bharr nau ros.
 Bu tuis, 's bu mhir am faileadh leam,
 Bhith tighinn o bharr nan ros.

Tha subhan eraodh mu 'n euairt orra,
 Tha subhan lair mu'm bruachagan,
 Is mil air leth, na enuaehdan ;
 Air an trusgan uaine feoir.
 Is mil air leth, na enuachdan ;
 Air an trusgan uaine feoir.

Cha n-cil aon mheas tha taitneach ;
 Nach cinn na am na glaeagan :
 Bith'dh choill le caoran bratdearg,
 'Sa cnuthan pailt uis leoir.
 Bith'dh echoill le eaoran bratdearg,
 'Sa enuthan pailt nis leoir.

Bithidh garadh mor nam pluran ud,
 Gun echoimeas da san duthaich so :
 Gach meanglan craoibh air lubadh ann,
 Aig dumhladas a phoir.
 Gach mcanglan craoibh air lubadh ann,
 Aig dumhladas a phoir.

Thug nadur fein do 'miadraiehcan,
 Gaeh scorsa feoir is riomhaiche :
 'S bu laoieh threubhaeh innleachdach,
 A leagadh sios an lod.
 'S bu laoieh threnbhaeh innleachdach,
 A leagadh sios an lod.

Bu ruiteach gruaidhean chaileagan ;
 O eiridh grein gu luidhe dhi :
 Nan ruidh, 's nan dcann a carachadh ;
 Na rachadh 'ghearradh leo.
 Nan ruidh, 's nan deann a carachadh ;
 Na rachadh 'ghearradh leo.

Tha torradh ann is fallaineachd ;
 Nach eil an feur is aithnec dhomh :
 Bheir laoigh an cul ri hainne leis,
 'S bith'dh 'n gamhuinn mar a hho.
 Bheir laoigh an cul ri hainne leis
 'S hith'dh 'n gamhuinn mar a hho.

Tha 'm fior uisge is fallaine,
 A ruidh troimh chlachaihh gcal a 'n sud ;
 'S gach amhain air a tathaich,
 Leis a bhradan a Loch-o.
 S gach amhain air a tathaich,
 Lcis a bhradan a Loch-o.

Tha seudan luachmhор soillseach,
 Anns na sligean tha na h-aibhnichean ;
 Cho taitncach ris na daoimeana ;
 Air meuraibh mbaighdean og.
 Cho taitneach ris na daoimeana ;
 Air meuraibh mhaighdean og.

Gu suntach, chite iasgairean
 Fo leus 'n deigh hhreac is liathagan ;
 Ga 'm hualadh sios le meuraiche,
 'S gau toirt air ghial gu lon.
 Gam hualadh sios le meuraiche,
 'S gan toirt air ghial gu lon.

Ged chuir Poltalloch stad air sud ;
 Cha mhair a reachd ach tamul beag ;
 'S bith'dh chleachduin rist fasanta ;
 Aig fleasgaich fhallain og.
 'S bith'dh chleachduin rist fasanta,
 Aig fleasgaich fhallain og.

'S caite 'm faighte am fiadhachd ?
 Mar am faighte 'n creaga-sgiathain i.
 Tha 'n coileach dubh, 's an liath-chearc int',
 'S gach cun tha 'm miagh air bord.
 Tha 'n coileach dubh, 's an liath-chearc int'
 'S gach eun tha 'm miagh air bord.

Tha moigheachan nan ceudan int',
 A beiceartaich, 's a leumartaich,
 Tha 'n earbag ruadh le eeile int,
 'S a minmean feiu dol leo.
 Tha 'n earbag ruadh le ceile int,
 'S a minncean fein dol leo.

Cha 'n fhaca mi, 's cha chualadh mi
 Aon fhireach 's pailte buadhanan ;
 'S tarbhach sealg nan uaislean, tearnadh
 'Nuas uaip mu thrath ncoin.
 'S tarbhach sealg nan uaislean tearnadh
 'Nuas uaip mu thrath ncoin.

Ged gheibhinn-sa, le cumhnantæ
 Rogha fonn na duthcha so ;
 'S iad roighnichinn na stucan ud ;
 Tha dlu do Ghocum Go.
 'S iad roighnichinn na luban ud,
 Tha dlu do Ghocum Go.

Nam hithin-sa cho earrasach,
 'S gu b' urrainn air an ecannach mi ;
 Cha shcalbhachadh Mac Calum, clod
 Do'n talamh ud am dheoin.
 Cha shealhhachadh Mac Calum, clod
 Do'n talamh ud am dhéoin.

DO CHNOC NA H-ISLE.

Fionn.—“ Tha mi gam phianadh 'smi 'g iarraidh chaileagan.”

'Se cnoc na h-isle,
 Is milse feoùncan,
 Do 'n tha san tir so,
 A fhrith na lointean ;
 Gheibh an ciobair,
 Bhith's caora dhith air,
 Nuair ni e dhireadh,
 Sgeul fior gur heo i.

Ma sheachain bas i ;
 Cha d'fhag i 'n clohhar,
 Tha cinn na bhraighe ;
 O laithibh Noah :
 Ged bheir i sraid aist,
 Gleidhidh Bhcinu Bhan rith,
 A tha mar fhasach ;
 O bharr geal neoincean.

Gur cubhraidh faileadh,
 'Chnuic alluin, nosair

Bheir dhuinn slainnt',
 O gach plaigh tha 'n toir oirn :
 Tha fear a tamh 'n sud,
 Co aois ri Adhamh ;
 A fhuair ann arach,
 O laithibh oige.

Gur h-e 'm buachaill
 A chuallach bho e,
 'Sa thearnadh uan,
 On fhearr ruadh
 Tha 'n toir orr' :
 Bith'dh e an uaigneas,
 Gu tric mu'n euairt orr',
 'Sa ghuth cho chruaidh,
 'S nuair chualas og e.

ORAN NA 'N GABHAR.

SEISD.

Mo bheannachd aig treud na feusaig,
 'S mor an uidh a thug mi fein dhoibh :
 Mo bheannachd aig treud na feusaig.

Bi mach ! feuch an cluinn thu tathun
 A choim blhair, a tighinn gu baile ;
 Leis a bhoc gaibhre a chailleadh :
 Mar bheil e maireann se 'm bend e.
 Mo bheannachd aig treud na feusaig, &c.

Cha ghearan dhuinne 's mar tha sinn,
 Na gabhair mhinn a bhith lathair,
 'S fear na maise am boc ban leo
 Dh'fhagas cinnteach al na dheighin.

Mo bheannachd aig treud na fensaig, &c.

Ma thig hairlinn romh Fheill Paruig,
 'S gur h-eigin dhniinn Glcannan fhagail ;
 Cuiridh Corson cu ri 'n sailtibh,
 'S ni luchd na mearle dhoihi fein iad.

Mo bheannachd aig treud na feusaig, &c.

Ach na faigheadh iad do Lunga,
 Feadh na'n creag mar thigeadh riu ;
 Mar an raineach chinn iad ullamh,
 'S cha hhith'dh mid tuille gun trend dhiu.

Mo hheannael'd aig treud na feusaig, &c.

Bhitheadh na minneanan liath għlas
 Aig gach te da uair sa hhliadhna,
 'S chithinn mu'm mhainnir na ceudan,
 Ge liath mi mu'n iarradh eug mi.

Mo hheannael'd aig treud na feusaig, &c.

RANN PIORRAID.

A Phiorraid bheag a chruin-ghuib neonaich,
 'S an ort tha na h-itean oirdhearg,
 Air am measgadh gu ro ordail,
 Air gach doigh am hoidhcé an tuar ;

Tha iad dearg mar shuthag nam bruach,
 Tha iad gle gheal mar shneachda na'n eruach,
 Mar am feur tha euid dhui nain ;
 'S dalladh leirsin sealltuinn ort buan.

ORAN NA H-ABHAIG.

Fionn.—“ *Och a mhuire 's mo dhunaidh,*” &c.

Tha Lochnaneala ga sharaeh,
 O laithibh na Feill-Martuinn
 Sireadhl mhoigheach 's gaeh aite ;
 A shaoir 's beag is fhearrd e,
 'S mor a mhulad 's eha nair' dha :
 On' bhual saighead a bhais an eu ruadh.
 On' bhual saighead a bhais an eu ruadh.

Thug e tamul na luidhe,
 'M beul fo fhraoeh is rud thairis,
 Sinne 'n duil e bhith maireann,
 Chuir sin Niall do Braighbheallaieh,
 Dh'fheueh am b' fhirin an aithris : ^{*}
 Gun do lean e Mae Eallair a suas.
 Gun do lean e Mae Eallair a suas.

Nuir a rainig e eriochan
 A bhaille, mo dhiobhail !
 E'n diu bhith ri innseadh ;
 Fhuair e sgeul 's gu bi 'n fhirin ;
 Naeh d'fhairieh iad mir dheth :
 Thuit a chridhe 's eha n'eirieh ri luas.
 Thuit a chridhe 's eha n'eirieh ri luas.

Ach san bha 'n abhachd aig haile,
 Aig a mhuinntir gam h' aithne,
 Far an robh e na luidhe ;
 'Sann d'fhuair e an t-shaighhead ;
 Guu riasan air thalamh ;
 Ach fhiaclaich ri madaidh taobh luath.
 Ach fhiaclaich ri madaidh taobh luath.

Bu tu roghadh na h-Ahhaig,
 Do na chunnaig mi fhast,
 'S tu gu 'n lorgaicheadh fada,
 'S uach fagadh a gharaidh ;
 Gus an cuireadh tu 'mach e,
 'S air an uisg', hha thu ro mhath, Fhir ruaidh.
 'S air au uisg', bha thu ro mhath, Fhir ruaidh.

Cha n-cil fiadh-bheathach hha tathaich,
 Ann am froig na an garaidh ;
 Edar so is a Charaig ;
 On lath thainig thu 'n bhaile ;
 Nach aithneadh tu ro-mhath ;
 'S tric a chlisg iad romh tathun, Fhir ruaidh.
 'S tric a chlisg iad romh tathun, Fhir ruaidh.

'S ioma moigheach mhor mhasach,
 'S cuirneach geire mu h-airuean,
 A mharbh Niall Mac Phail leat ;
 'S mor an diubhail mar tharladh :
 Gun do thachair am bas riut,
 Le mio-run na graisg, thug dhuit fuath.
 Le mio-run na graisg, thug dhuit fuath.

'S tric a dh'fhalbh Caiptean Niall leat,
 'Sa ghunua ri cliathaich,

Dbol a shircadh an fhiadhaicb,
 Coileach dubb agus Liath-ebeare ;
 Cu-eunaicb eile cha d' iarr c :
 Thaobh gum baithnc dba t-fhiach-sa, Fhir ruaidh.
 Thaobh gum baitbne dha t-fhiach-sa, Fhir ruaidh.

'S tu gu 'n iarraigd gu scolta.
 Gach tuilmean, is frogag
 A bhithheadh cosmhuil ri conuidh
 Nan iscanan og a :
 'S mor am bceda nach beo thu,
 'S am na seilge gu toiscachadh luath.
 'S am na scilge gu toiscachadh luath.

Nuair a gheibheadh tu 'm faileadh,
 Chite thu falbh air do mhagan,
 Gus am faigbeadh tu lamh riu ;
 'S nuair a chluinneadh tu 'n lamlach,
 Leum thu suas, 's bba thu 'n sas
 Anns an t-aon chaill a chail, leis an luaidh.
 Anns an t-aon chaill a chail, leis an luaidh.

Cha chualadh mi riamh ort ;
 Ach gniomharan fiachail :
 Mach on lath bha thu siauuil,
 Ann an garaidh an liath-bhruic,
 Gad ghearan ri Niall :
 Thug sud bristeadh, 's be 'm beud air do chliu.
 Thug sud bristeadh, 's be 'm beud air do chliu.

ORAN A CHIÒBAIR.

Fionn.—“Piobaireachd.”

Chi mi Calum Ciobair
 An t-oganael ;
 Direadh na Beinn Bhain,
 'S euilcan comhlath ris ;
 Bith'dh e ealamh 'n aird,
 Air an t-sroin aiee
 Ruigidh e an tur,
 Seallaidh e fo shuil,
 'S ehi e h-uile euil,
 Agus frog tha int'
 Cunntaidh e a threud,
 Roimh ciridh na grein,
 'S bheir e dhachaidh sgeul,
 Na bliitheas beoaea :
 Cha 'n fhaigh dhiu am bas,
 Gin nach faigh e blath ;
 Mu'm faigh fiach faileadh,
 Ge sronael e.
 Thainig madadh ruadh,
 Latha eeothail ann't'
 Rug e air eaor uain,
 'S theib e fonadh dhi ;
 Aeh bha Calum shuas,
 'S Robae eomhlath ris :
 Thaobh gun robh i ruadh,
 Shaoil an sionnach truagh,
 Gur h-i mathair na cuain,
 Lean ga chonadh e.

Air dhi faotainn suas
 Ris an t-sroin aige
 Rug i air air ehluais,
 Ghabh e neonaeas,
 Mu'u 'd leig i e uaip,
 Thuair Calum mu'n cuairt,
 Cromag mhor nan nan,
 Air an sgornau aig.
 Cha toir Braesi fein,
 Bheag do dh'oisgean uaith ;
 Mar tig e san liath-reoth',
 Ma'm mothueh e dha ;
 Oir tha aige sian.
 Chuireas fogradh air ;
 Fhuair e luith 'san t-shliadh,
 'S nnair theid i fo'n gial,
 Eiridh iad gu'm biadh ;
 Ma tha 'n deo annta.
 Cnuimheag riamh eha d' fhas,
 Anns an fheoil aea ;
 Air tighinn don bhlas,
 Bheir e eomhlath iad,
 Lomaidh e gaeh tar,
 Agus tou aea ;
 Ma'n teid iad o laimh,
 Cuiridh e riu plasd,
 Bheir do'u ehuileag faileadh
 Naeh deonaeh leth.
 Sin aguibh an ciobair,
 Tha fogbluimte,
 A dheanamh an dion,
 O gach doruinn dhuinn ;
 Nuair is measa 'n t-sid,

Le sneachda, 's le slig,
 Bitheadh e 'san fhrith ;
 'S e gau seorsachadh.

Seinneam dhuibh caithream,
 Air Calum an Ciobair,
 Buachaille ro-mhath,
 Is airidh air cis e ;
 'Sa bheinn tha e ealamh,
 'S cha mheas' e sna sraithibh,
 Nam gearadh na dalach ;
 Cha b' mhath leam bhi strigh ris :
 Air dha tighinn don t-shrath leinn,
 Gar conadh nar cabhaig,
 Cha 'n fhaca mi fhast,
 Fear baile cho gniomhach.
 Curamach, naistinneach
 Greasadach ; lamh-luathach
 Neo·ghioragach, dana,
 Ann an cas se nach strochdadadh.

An urram, an urram,
 An urram, da rireadh ;
 Seach h-uile duine,
 A chunaic mi 's tir dha ;
 Ged theid e don mhunadh,
 Gun uimhir a ghunna
 Bithidh eun as gach gur aig ;
 A urrad 'sa chi e :
 Nam tearnadh a għlinne,
 Cha n-i għear-chluasach bhiorach,
 'S feċċar tearnadh uaith idir,
 Air chlisead 's ga'm bi i ;

'S tric thearn 'e 'n leacean,
 'S i 'm poea a bhreacain
 'S a breamain mar shneachda,
 Ri fhaicinn a nìos as.

RANN COLUINN.

A bhean bheusach, bhanail,
 Bi gu h-ullamh, ealamh ;
 Chaidli bhliadhne so thairis,
 Direach mar bu mhath dhuinu,
 'S on nach robh sin falamh,
 On a thain' i fhast,
 Thoir a lathair an eabhaig,
 Cuid do'n' dh' fhag i agad ;
 'S na eum dad am falach :
 'N fhios am bi thu maireann,
 Gu Coluinn na h-ath-bhliadh'n' ;
 Sioma colainn ehoir,
 A tha 'n diu fon fhod,
 Do n' bha nuiridh beo,
 Aig ithidh, 's aig ol,
 Na Coluinn mu bhord ;
 A bhean caomh mo ghraidh,
 Fon tha thusa lathair,
 'Sa sheachain thu'm bas,
 Nochd do thaing an dras ;
 Le aran 's le cais,
 'S le botal na dha,
 Do'n' stuth ehridhe is fearr ;
 Na baine an ail,
 Coluinn, Coluinn.

CURSTAN MHOR AGUS AN TANASG.

Fonn.—“Blar na h-Eaglaise-Brice.”

Innis dhomhsa a Lochnaneala,
 Ciod a thug don bhaile 'n drast thu,
 An d' tainig thu ruathar na dacair ;
 Na thoirt baitealt do Mhac-Mhartuin ;
 Gabh mo chomhairl', theirig dhathchaidh,
 'S na h-abair facal an drast air
 Chunnaic Curstan-mhor do thanasg,
 'S theab 's gun d' rinn i 'n t-anam fhagail.

'S an nár a chaith i do'n tobar,
 A chunnaic i 'n sealladh nach b' fhearrd i ;
 Bha e agus falluinn gheal air,
 Is e spaidsearachd mun gharadh : .
 Thug i 'n sin a h-aghaidh dhachaidh,
 'S bu luth'r a casan ga fhagail :
 Coma, chum e ceum air cheum rith :
 'S an is treun nach d' tug e lamh orr'.

Ge be bhith's a cainnt rith fhathast,
 Innsidh i gach dad mar bha e,
 Mar chaith e seachad gun starum ;
 Gun uimhir is focal a raidhin :
 'S nuair a chaith mise lc dachaith
 'S na maragan aice gu samhach,
 Chnnnaic sinn e tighinn air fhiaradh ;
 So mo lamh gun d' iarr e pairt dhui.

Bheirinn comhairl' air gach duine,
 A bhuineas do Rugh-na-hairde ;
 A bhios a falbh na h-oidhche,
 Cuimhneachadh air Curst Nic Aigne :
 'S ma bhios e idir na chomas ;
 Gun tighinn an sealladh an aite,
 'N fhios nach h-an a gabh e conuidh,
 Anns an tor tha cul a gharaidh.

ORAN AM FREAGRADH DO ROINN LE IAIN OG
 MACANTSHAOIR.

Ged thug thu dhuinn tair
 Mu gharadh Daileag,
 Bith'dh e gan dail,
 An ard fo'-bharran ;
 'S olaidh tusa 's do phairti,
 Am paigheadh haileach,
 Ma'n teid aon chlach an ard,
 Do gharadh Chalum ;
 Ge farsuinn do bhosd.

Ged thug sibh 'on Fheill,
 Da steud bha robh mhath,
 Cha dean iad dhuibh feum,
 'S sibh fein nar cadul ;
 Tha misg agus plaigh,
 A ghnath ruibh' tachairt :
 'S gheibh cuid, aguibh' 'm bas,
 'San garadh sa charraig ;
 Mur 'n athraich sibh doigh.

Ach shaoil leat a Bhaird,
 'On cheaird bha agad,
 'On dheauamh tu 'n dan,
 Ann sranntraigheach cadail;
 Gun gabhadh an gar',
 Cuir naàrd co ealamh;
 Ach faic nis mar tha,
 'S gabh dha 'na t-fhaireach,
 'S thoir beannachd le t-ol.

ORAN IAIN CHAIMBEUL LEIRG-NAHUINSEAN.

Fonn.—“ *Teann, Teann, Teann a bhodaich,*” &c.

Fhir a tha 'o Leirg-na-h-uinsean,
 'S tric is minig ort mi cuimhneach,
 Gaidheal gasta thu do na Guinich ;
 Thogadh ceann an tuirc ri srol.

Tha thu 'd riaghladair 'san talamh's',
 Aig Mac Calum mor Pholtalloch ;
 'S heag iognadh sud 's gur tu' charaid,
 Mac Peathar athar thu, mo doighs'.

Thuair thu urram ann ad dhuthaich
 A measg uaislean 's mor do chliu sa,
 Breitheamh gu suidhe ann 'cuitr thu,
 Reiteachadh gach cuij mar 's coir.

Tha thu gle dhaimheil o t-athair,
 Do na h-uaislean a hha flathail ;
 Ri am feum a thairneadh claidheamh,
 Is uach maslaicheadh Duntroin.

Com, am faguin sa, air di-chuimhne
 Do bhean uasal, shoitheamh, shiobhailt
 'S i mach, o bhrollach chloinn Ibhir ;
 An dream sin nach striochdadadh 's iad beo.

Bha uair eigin 's de cha 'n fhad uaip,
 'S fine eile, cha rachadh tharpa
 Co theirte ach iad ann 'Glasradh ?
 'S feum a bhith air gaisge leo.

ORAN DO MHAC ALASDAIR TRIATH INNIS-
 TRINICH TAOBII LOCH O.

Fionn.—“*Ann am domh tiundadh am leabaidh,*” &c.

So do shlainnt' Innistrinich,
 'Gu meal thu an oighreachd,
 Na bitheadh duine gun aoibh air, ga h-ol,
 Na bitheadh duine gun aoibh air, ga h-ol.

Se toilinntinn an aite,
 Thu bhith maireann an Slainnte ;
 Gur tu caraid nan gaidheal, rid bheo,
 Gur tu caraid nan gaidheal, rid bheo.

Naile 's tu an duine uasal ;
 Ach neach a bhith 'n cruadh chas,
 'S tu gu'n deanamh air fuasgladh, le d' dheoin,
 'S tu gu'n deanamh air fuasgladh, le d' dheoin.

Bu tu leannan nan caileag,
 Gns an d' tainig do bbanais ;
 'S co dhin dhiulta dbuit fathast a pog,
 'S co dhiu dhiulta dbuit fathast a pog.

Com, am faguin air dichuimhne,
 Bean na h-uaisle 's na h-iomhaigh,
 Leis an d'fhuair tbn, na miltean do'n or,
 Leis an d'fbuair tbn, na miltean do'n or.

Se mo ghuidhe le firin,
 A sliochd a bbith lionmhор,
 Taobh Loch o, gun dith air an stor,
 Taobh Loch o, gun dith air an stor.

MARBH-RANN MR UILLEAM CHAIMBEUL,
 ACHALIAN, SGRIOBHADAIR AGUS FEAR-BANC ANN
 AN INBEARAORADH.

Fonn.—“Fhir a bhata,” &c.

Ri gur mise th'air mo leireadh,
 Mun sgeul a thainig mun trath so 'n de oirn',
 Fear mo run bhi gun luth air deile ;
 A sheasadh dlu mi ann cuis na h-eigin.

Cha n-eil mi 'm aonar, ri bron'n ad dheighin,
 Bith'dh culaidh bhoirin, air an t-shlogh nan cendan,
 'S mor an iunndrain gach latba feill thu ;
 Le d' chiste iaruinn ann' sgiatb do chleirich.

Aon flear taicbeadh, cha db'fhag thu 'd dhuthaich,
 Le d' ebridhe baigheil, 's e lan do shugradh,
 Bu riasan bais dhuit, do gbradh d'luchd duthcha,
 Bhith tu ann sas leo sgach cas, mo dhiubhail !

Guidhcam solas, do t-og mhnaoi uasail
 Is mor thoilinntinn, an deigh a crnadail
 Tha mi ann dochas, gum bi i buaghar
 Na macan og, g'am bheil coir bhi uaibhreach.

ORAN DO MHAIGHISTIR IAIN CAIMBEUL,
 EDERLIN.

SEISD.

O h-ug air fear donn na meall-shuil,
 'Se miann nan oighean bhi mar ruit,
 O h-ug air fear donn na meall-shuil.

Bu mhiann leam gun d' tugain cliu dhuibh,
 Air an armunn og mo runsa ;
 Caimbeulach cho math 's tha 's duthaich e :
 Ged a theorite 'n Diuc Mac Cailean.

O hug air fear donn, &c.

Gur h-i Ederlin do stoidhileadh,
 'S ro mhath leam agad an oighreachd,
 Sar mhae an duine uasail aoidheil ;
 Nach d' rin leis an fhoill a ceannach.

O hug air fear donn, &c.

A mhic an fhir a bha baigheil,
 Ri chuid tuath, ged thigeadh cas orr' ;
 'Se nach fuadaicheadh na gaidheil,
 A thoirt ghall nan aite dhachaidh.

O hug air fear donn, &c.

De cha n-eil e anns an aite,
 Duine is daimheile da chairdean,
 'S tusa nach leigeadh gu lar iad ;
 Fhad sa bhith' do lamh ri tarruing.

O hug air fear donn, &c.

Na 'm faicinn aon uair thu fuaithe,
 Ri maighdean storasach, uasal ;
 Eagal cha bhitheadh orm, na fuathas,
 Romh 'm charaid uaibhreach Poltalloch.

O hug air fear donn, &c.

ORAN AIR DO'N UGHNDAR A THUIGSIN GUM BEIGIN DHA GLEANNAN A CHUITEACHADH.

SEISD.

Ho ri il, hi ri il,
 Ho ri il, mar tha mise 'n diu,
 Ho ri il, mar tha mise 'n diu.

Ged a rin thu nis mo leireadh,
 Arson beagan, 's gun tu 'm feum air ;
 'Se mo ghuidhe sa nach eirich,
 Lochd, na beud, dhuit fein na do 'd chuid.

Ho ri il, hi ri il, &c.

Mar bitheadh do Bhaillidh ann' doille,
 Sa luchd comhairle, lan foille ;
 Cha do sganr thu, mo chuid cloinne,
 Maoth gun oilcan, 'sibh ionann am fuil.

Ho ri il, hi ri il, &c.

Na 'm bitheadh t-athair beo-mar bha e,
 Riaghlaadh na duthcha le chairdeas,
 Bhithinn-sa ann Gleannan gun bhairlinn
 Ged a sgain' an eocard air 'm bheil *Foot.*

Ho ri il, hi ri il, &c.

Cha 'n fhaigheadh mac Niall le charachd,
 Am fear a b fhearr do Chloinn Eallair,
 Na Mac-Ille-luag na maladh,
 Gealladh air baile, do 'n th' agam-sa 'n diu.

Ho ri il, hi ri il, &c.

Na 'm faighinn bliadhna na dha leat,
 Gus an d' fhas mo bhalachain ladair,
 Bheirinn neo-air thaing do Ghaedheal ;
 Leis am baill a bhith 'n sas ann am chnid.

Ho ri il, hi ri il, &c.

ORAN AN EICII.

SEISD.

Lion am Bol,
 Far am Bol,
 Lion am Bol,
 'S thoir dhomh mo dhiol.

Na'm faighinn gun lionadh do mhalaid,
 Le feur, le buntata, na siol,
 Bheirinn gu faidhir an Adh thn,
 'S dheaninn caraid Ghinidh dhiot
 Lion am Bol, &c.

Ged a tha thu far-chruaidh grannda,
 Tha a tachdach thun a ghniomh ;
 Cha n-eil gearran anns an aite,
 Ris nach tarruingidh tu ann 'sint'.

Lion am Bol, &c.

(*Air cluinntinn gun do bhasich e.*)

'S duilich leam e bhi ri radhain,
 Nach tig 'm fhaistneach gu crioch ;
 Thug mi thu do bhall do'n Eaglais,
 'S thug a shannt, an t-sheiche dhiot.

Lion am Bol, &c.

RANN AN DEIGH BHI AIG IASGACH 'S GUN
 ACH BEAGAN FHAOTINN.

Fionn.—“*Mullaith agus m' fheudail,*” &c.

Chaidh misc gu iasgach,
 Le Niall agus Seumas galt ;
 'S cha d' fhuair sinn ach leubag,
 An t-iasg aig m' bheil am beul cam.
 An deigh sinn fein a phianadh,
 Ga 'n iarruidh a null 's an nall ;
 Gus an tug na sgiathchasaich,*
 A ghran uainn, gu cul nam beann.

* Wing-footed horses.

ORAN DO'N TREAS NIALL MALCOLM,
 TRIATH PHOLTALLOCH, AIR DHA CAOIMHNEAS
 MOR A NOCHDADH RI AM TEINN.

SEISD.

E hò, i ho ro,
 I ri u, i u
 I u, na hi ri il, oho,
 H-uil o, ho ro ho.

'Sa mhaduinn' nam gluasad,
 Bu trom smuaintcanadh m' aigne,
 Ach rin thusa 'na d' uaisle ;
 Uam am fuadachadh fada.

E ho, i ho ro, &c.

Ge be leigeadh a run riut,
 Ann an cui's 'se ge theannadh,
 Bu tu 'n taice ri chulthaohh,
 Cha be 'n sugradh riut tarruing.

E ho, i ho ro, &c.

Tha thu storasach, fiachail,
 'S tu ro fhialaidh ri d' charaid ;
 Mu d', sporan cha b'fhiach lcat,
 An ial aige a theannadh.

E ho, i ho ro, &c.

'S e Poltalloch do stoidhileadh,
 'S fhada 'n oighreachd ud agaibh ;
 O chean aimsir gun chuimhne,
 'S bith'dh i choidh aig Cloinn Chalum.

E ho, i ho ro, &c.

ORAN DO MHAIRI NIC AN ROICH MAR
GU'M BAN LE A LEANNAN.

SEISD.

A chailin og, 'sa Mhairi og,
A chailin og, gur tu mo run ;
A chailin og, 'sa Mhairi og,
A chailin og, gur tu mo run.

Innseam dhuibh eugas na gruagaich,
Ga'n d' tug mi mo luadh, 's mo run,
Cul camagach, buidhe ruadh orr' ;
Thairneadh na h-uaislean rith 'dluth.

A chailin og, &c.

Cha 'n aithne dhomh, anns an aite,
Coimeas ann 'n ailleachd do 'm run ;
Tha i meachair, modhail, malta,
'S glan an dearsa tha 'na gnuis.

A chailin og, &c.

Tha a gruaidh cho dearg 'san t-shiris,
Deud shnaite mar shirinn dluth,
Suil mhireagach', mhealladh ghillean
'S tric a dh'fhag ac' eridhe bruit.

A chailin og, &c.

Cha n-eil cho shiobhailt na gluasad,
'S na tha ghruagaichean is tir,
Gur h-i rogha na mna tighe ;
'S nearachd fear bheir dhachaidh i.

A chailin og, &c.

Tha i don Fhinc bha uaibhreach,
 Gam bu shuaicheantas o thus,
 Iolair ri sioda 'nam gluasad ;
 Bratach bhuadhmhor anns gach cuis.

A chailin og, &c.

Ri ! gur misc bhith'dh aobhach ;
 Nan teannadh tu' ghaoil rium dluth ;
 Bhcinn dathchaidh thu 'gleann aoradh,
 'S feadh nan craobh, bhithin 's tu ruin.

A chailin og, &c.

ORAN, MAR GU'M BAN LE NIGHEAN OG
 DA LEANNAN.

Fonn.—“ *Fhir a bhata na ho ro eile,*” &c.

Ri gur mise tba fo mhighean,
 Stric mi cuimhneachadh, air a chiobair ;
 De mar 'm faic mi 'n diu a nios e ;
 Bith'dh misc' maireach mun trath so shios leis.

De na 'm faighinn mo ghun iu' orm,
 'S cir, a chumail a null nan curlag ;
 Cba bhithinn mall neo-air thaing do 'm chrub-chois,
 Bhithinn le 'm annsachd, 's an t-shnaim mur suil sa.

Stric their iad rium gun robh mi gorach,
 A chion mo ghaol a thoirt cho mor dha,
 Ach cha dealaich blas a phoig rium,
 Gus 'n teid mi 'n uir 'n eiste dhluth nam bordadh.

Oir h-uilc la fhad sa bha mi lamh ris,
 Bha a gheallaincan dhomh cho-ladair ;
 Is nach creid mi gun dean e 'm fhagail ;
 A dhaighcann tuaileas is fuath mo naimhdean.

'S bith'dh mo mhisneach mar a batbaist,
 Aon ni eile cha toir gu lar i :
 Mar am faic mi, fear mo ghraidh sa,
 A tighinn 'on chlcir, agus te air laimh aig.

ORAN DO DH'ALASDAIR MAC A' GOBHAN,
 OLLAMH, RUDAIL.

SEISD.

Far a' nall dhomh lan na slige,
 Dh'fheuch an lugh'daich e mo thrioblaid,
 Dh'fhag an Lighiche a nis sinn :
 Fear na misnich a bha mor.

Dh' fhag e sinn a dhol gu saile,
 A thoirt griosach air ar naimhdean ;
 'S e nach taiseachadh 's na blaradh,
 Gcd a bhith'dh am bas ri shroin.

Far a' nall dhomh, &c.

'S e nach seachnadh an tuasaid,
 Fhad sa shnamhadh i an uachdar,
 Gcd a bhith'dh peilcirean cruaidh,
 Dol le fuathas, romh cuid bhord.

Far a' nall dhomh, &c.

Tha gach duine ga ehumhadh ;
 A nuas gu Coinncach, 's am Muillear,
 Leanadh iad sud e gu Lunnuinn :
 Ach am buideal bhi da'n coir.

Far a' nall dhomh, &c.

Cha toir c aeh bliadhne na dha uain,
 Nuair a ni e uaine slan dheth ;
 'S thig e dhathehaidh oirn le fabhor,
 Cheart cho ard, sa thaig Righ Deors'.

Far a' nall dhomh, &c.

RANN DO 'N OLLAMH MAC EALLAIR.

Gur h-e 'n Leigh Mac Eallair,
 A tha ealamh 'sa chuis so,
 A thoirt fiasgladh na 'n eabhaig,
 Do mhnaithibh na duthchadh ;
 Cha luaithe bhios a lamhan,
 Fo 'n anart gu 'n gluinean,
 Na tha macan gu talamh
 'S mar an t-athair a ghnuis-san.

RANN DO CHAIPTEAN NIALL MAC LACHUINN,
 CHOILLE-AN-OCHANACH.

Bithidh gach dileas gu deireadh,
 Neo 's fhad' o n' sheinninn do chliu sa ;
 'S ioma bliadhna gun deireas,
 A thug mi le rint 'n ad luchairt,
 Cha 'n fhacas riamh gainne,
 Ann 'n ad thigh. Ri gu b' ur thu :
 'S air 'm fhacal bu toil leam,
 Fhir na Coille, bhith dluth ort,
 A nis sa rist.

RANN DO MR DUGHALL MAC NA CEARDA,
 CHILLE-CHAMAIG, AIR AOBHAR SONRUICHTE.

Gu meall thu an cota,
 Dhughail oig Mhic na Cearda,
 'S aithne dhomhsa an doigh ;
 Am faod do choir bhi ni's fearr air :
 Tha chaileag glc bhoidheach,
 'S tha or aig a brathair,
 'S ma ghabhas tu scolladh :
 O Dhomhual bith blath ort.

ORAN DO'N DROBHAIR MAC ILIP.

Togadh-mid t-osd
 An Drobhair Mhic Ilip,
 Fear cheannach nam bo,
 'S gach seorsa nithidh ;
 Nuair tharrungadh a dhrobh,
 An ordugh iomain ;
 'S fhada chluinnte 'm *Mu O*,
 'S *O Ho* chuid ghillean,
 Riu, 'g iomachd gu Feill.

Nuair theid e gu Duin,
 Bith'dh luchairt uime,
 Bith'dh Pott agus Euart,
 Cul a shlinnean ;
 Bith'dh Ruth ann, bith'dh Broun,
 Mac Tuirc, 's Mac Iain ;
 'S mu 'n dealaich e riu,
 Bith'dh cuincadh fir dhiu,
 Ga dhingeadh na sgeith.

RANN DO DHUGHALL MAC PHAIL,
 NA H-EURACH.

Is mi cuimhneach air fir mo dhuthcha,
 Com am faguin air dichuimhne Dughall
 Og Mac Phail, a tha tamh san Euraich
 Nam tarruing lamh, san air cach bhi 'n diubhail.

ORAN NELLI.

Fonn.—“ Ma theid mi 'n tigh osd,” &c.

'S tric driod-fhortan aig eiridh,
 'S be 'm beud do Nelli ;
 Chac a chuag fein orra,
 'N de na leabaidh,
 'S an thain e chum feum dhi,
 Mu dheighinn tighe :
 Dh'iarraidh orra eiridh,
 Le speid ga fhaighinn.

(*Air do Nelli guth a chluinntin mu chul an tighe labhair i ri piuthair a bha na luidhe comhlath rith' anns na briathran so.*)

'N cluinn thu 'n guth a Mhairi ?
 Tha 'n Eas-na-cailich ;
 Fardaiddh mi dan dheth,
 Ciod tha air aire ;
 'M bheil sinn gu so fhagail
 Dhol 'n aird le Calum ?
 Na 'm bi bheag a mhal oirn
 An Tigh-a-charadh ?

(*Fhreagair an guth.*)

Cuir srulladh air t-aodann,
 Is gabh do chasan ;
 Ruig am fear tha daonann,
 Gad sheasamh daingeann :

'S feuch am fein gu 'n caoin thu,
 Na laoich nach maireann,
 Is hheir e tigh saor dhuit :
 A thaobh chlann Chalum.

Innis dha mu'u urnuigh,
 A rin piuthar t-athar ;
 Is i air a gluincau,
 'S am bas ga teanuadh,
 Gun d' ghuidh i le durachd,
 A run bhith mar ris :
 'S ged bhith'dh e na Dhiuchd ;
 Gu be sud hu mhath leth.

Ach mu 'n deau mi t-fhagail,
 Bheir mi dhuit rahhadh ;
 Cuir dhathchaidh an grapa,
 'S na gleidh ni's fhaid e ;
 A tha o Fheill Martuinn,
 A ghnath ga fhalach,
 Bith'dh tu air do narach,
 Ma gheibh iad 'mach thu.

RANN DO 'N T-SHEAN DUINE CHOIR MAIGH-
 ISTIR IAIN MAC BHEATHAN, BHRAIGH-
 LEACAN.

Fhir a tha o Bhraighleacan,
 Ge seachdta do ghruaidhean,
 'S gc liath dh'fhas do chlaigcann ;
 Cha n-eil t-aigne so ghluasad,

Cha n-eil duine san duthaich,
 A bheir cui's dhioit, na buantachd,
 'S gus an cairear fo lic thu,
 Gur tu smior an duine uasail.

ORAN DO MHAIGHISTIR DUGHALL MAC NA
 CEARDA, BAILLIDH CHINNTIRE.

Fionn.—“*Bha mi oidhche 'n Lochcarruinn,*” &c.

Dhughail oig Mhic na Cearda,
 'S fhad o'n tha mi ort eolach,
 Cha n-eil e san aite ;
 A bheir barr anns a choir ort,
 An eucoir cha' n-aill leat,
 O thugse-naduir, 's o fhoghlum ;
 Breitheamh siothaimh is fearr thu,
 A tha 'san Roinn Eorpa.

Baillidh eile cha n-eil c,
 Ann an Eilean, na Morthir,
 A chumadh riut Coinneal ;
 Oir tha t-oilean thair moran ;
 Bith'dh 'na Tighearnan buan leat,
 'S bithidh 'n tuath mar bu choir dhoibh ;
 Gun eagal na bairlinn,
 Gan sganradh air fogradh.

RANN AIR DON UGHDAIR,

A BHI AIR AOIDHEACHD MAILLE RI LEIGHICHE OG
ANN AN TIGH MHAIGHISTIR IAIN MHIC EALLAIR,
CHEANN-LOCH-CAOLASAID.

Fhir a chum an raoir an corn ruinn,
Gus 'n d'ol sinn na rin coire,
Mosgail ad chadal ma's bco thu ;
'S thoir do'n Leighich og na's toil leis,
Deoch gu mor is fearr na'n Soda ;
A chuir an ordugh gach goile,
Fhogras Losgadh brad o 'r poradh,
'S nach leig bhi beo do'n Ghlais-sheile.

ORAN DO DHONULL OG MAC LACHUINN,
AIR DHA DOL A MHARCACHD STEUD FIADHAICH
A CHEANNUICH E AIR FEILL.

SEISD.

E ho, i ho ro, uil o ho ro ho,
E ho, i ho ro, I ri u i u,
Irin na hi ril o ho, uil o bo ro ho.

Nuair a rachadh Mac Lachlunn,
Na chabhaig mar b' abhaist ;
Bhith'dh Lair odhar Mhic Eallair,
A cuir sradadh o sailtibh.

E ho, i o ho ro, &c.

Gar am b' urrain na h-uile fear,
 Fuir eachd gu h-ard orr' ;
 Tha nis orra 'n curaidh ;
 Leumas ullamh leth 'n garadh.

E ho, i o ho ro, &c.

Fhir na misniche mora,
 So le'm dheoin do dheoch slainte ;
 'S gu meall thu an fhalaир,
 Tha baraichte gaidhealach.

E ho, i o ho ro, &c.

RANN DO DH' IAIN CAIMBEUL, AN T-SHIORRAM.

Iain Chaimbeul an t-Shiorram,
 'S tu an giolla air Feill,
 Le'd Stallan an Srein,
 A toirt eibhneas do'n mhod ;
 Leumadh tu balladh
 Sia troighean, gu reidh ;
 'S cha chasadadh tu srein,
 Ged a b' eigin an cor.

ORAN GAOIL.

SEISD.

Gur h-iomlaideach an saoghal,
 Mar bha e 'n de cha n-eil e 'n diu ;
 Tha shruth a tionndadh daonnan,
 Gur h-iomlaideach an Saoghal.

Gar'n do sheas mo leannan-sa,
 An gealladh, thug i 'n raoir dhomh,
 Gheibh mi Caileag gun dol fada ;
 Chaidleas air au fhraoch leam.

Gur h-iomlaideach an Saoghal, &c.

Ged a thain' an roth mun cuairt,
 Bha uair is ghcibhinn sgaoilteach,
 Lamhan Ainnir mar an Eala ;
 'S pog na meala faoilidh.

Gur h-iomlaideach an Saoghal, &c.

'S co tric a ni e leon oirn,
 'S a bhios air dochas faoin ann ;
 Tha beul nam ban, cho lan do nimh,
 'S gun lot iad, neach bheir gaol dhoibh.

Gur h-iomlaideach an Saoghal, &c.

MARBH-RANN DO DH' OLLAMH MAC
EALLAIR, CHEANN LOCHA GILB.

Fionn.—“*Och a Mhuire 's mo dhunaidh,*” &c.

Thainig sgeula gun aidhear,
A Dhun-edin ro eallamh ;
Gun do dh'eug aig a bhaile,
An Leighidh Mac Eallair,
Ollamh chreuchd, agus chnamhan ;
'S fear an fheum nuair bhith'dh mnathan dheth truagh.
'S fear an fhcum nuair bhith'dh mnathan dheth truagh.

'S cinnteach misc gur craiteach,
Mor shluagh Earraghaidheal,
Fir, mnaithean, is paistean ;
Aig iundrainn do chairdcas :
On a chaidhe do charadh,
'N ciste chumhain, chaol chlaraidh, san naigh.
'N ciste chumhain, chaol chlaraidh, san naigh.

Bha thu truacanta, baigheach,
Iochdmhor, scircil, ro-phairteil ;
Fior thabhairtach, ghradhach ;
Gun uaibhreachd, gun ardan,
Ach na bhuiteadh dh'fhear taite :
Cha robh beud ort, na failinn, ri luadh.
Cha robh beud ort, na failinn, ri luadh.

Ged a b' fheumanach sraide,
A dh'fheuma do laithreachd,
An diulta cha b' ghnath leat ;
Bha thu t-uidhcam, gun fhardal,
Dh'eigh thu steul, as do stapul,
'S bha thu 'd lcum air each ard, nan ceum luath.
'S bha thu 'd lcum air each ard, nan ceum luath.

ORAN DO MHAC ALASDAIR, TRIATH, INNISH-
TRINICH.

SEISD.

Air fail irin, Ilirin, Uilirin, Ilirin,
Air fail irin, Ilirin, o ho ro hi.

Thoir mo shoraidh gn Cruachan,
A dhionnnsnidh an uasail ;
Is tric a rin fuasgladh,
Nuair bu chruaidhe an t-shnuim.
Air fail irin, Ilirin, &c.

Cha nc oighre Thir-bhinnc,
Na fear tha da Chinneach ;
Ach Domhnnullach sgiathanach,
Cridheil, mo chridh.
Air fail irin, Ilirin, &c.

Nuair a chaidh mi gu sailc,
Chuir e 'm ionnsaidh gun phaighe ;
Rogha, is togha a bhata,
'S gur sabhailte i.
Air fail irin, Ilirin, &c.

Le raimh, is lc h-acair,
Le siuil, 's le buill bheairte ;
Leis an deanaamh i caladh,
Mach ealamh dhi fein.

Air fail irin, Ilirin, &c.

Tha e duineil 's bu dual da,
 Anns gach gniomh sam bi crualal.
 Cha n-eil fear a bheir buaidh air,
 A mcasg uaislean na Tir
 Air fail irin, Ilirin, &c.

Gur h-e 'n saighdear le stailinn,
 Nan tigeadh iad cearr air ;
 Bhith'dh a dhagaichean tarruinnte',
 Chumail chaich aca fhein.

Air fail irin, Ilirin, &c.

Na'm bitheadh a cheolraidh,
 Cho dileas 's bu choir dhoibh ;
 'S mi gu' moladh air dhoigh e,
 Chumadh beo c gu sior.

Air fail irin, Ilirin, &c.

ORAN DO MHAIGHISTIR COLLA MAC
 DHUGHAILL, CHRUACHAIN.

SEISD.

E ho, I ho ro, Uil o ho ro ho
 E ho, I ho ro, I ri u i u
 I rin, na hi ril o ho, Uil o ho ro ho.

Gur h-e Colla Og Chruachain,
 Fleasgach uasal mo ghraidh-sa ;
 De cha n-eil e d 'a Chinneadh
 Fear idir bheir barr air.

E ho I ho ro, &c.

Oigfhear siobhailte, suairce,
 Saor o nail, is o ardan,
 Fhaodas seasamh ri gualaibh,
 Nan uaislean is airde.

E ho, I ho ro, &c.

Cridhe fialaidh, gun fhoil ann,
 Mar Dhaoimean a dearsa,
 Na mar Sholus na Coile
 Nuair tha 'n oidhche toirt sgaile.

E ho, I ho ro, &c.

'S e mo guidhe gum faigh e,
 A chaileag is ail leis,
 'S e bhi 'g eiridh mar b' mhath leinn :
 Gach latha nis airde.

E ho, I ho ro, &c.

ORAN MU DHONULL CAR, CHARRAIN, RI AM A SHUIRTHEADH.

SEISD.

An d' toir thu do nighean, do Charich Ghlinn-aimhreadh,
 An d' toir thu do nighean, ma ni iad tilleadh,
 An d' toir thu do nighean, do Charich Ghlinn-aimhreadh.

Ma theid i ri monadh gur h-isé bhitheas sona,
 Bith'dh im air a bonnach, le molaich Ghlinn-aimhreadh.
 An d' toir thu do nighean, &c.

Nuair theid i do'n todhar sa mhaduinn gu bleothan,
 Bith'dh cobhar mu gogan, O ghabhair Ghlinn-aimhreadh.
 An d' toir thu do nighean, &c.

Cha bhith i gun aodach, aig Ciobair na'n Caorach
 Bith'dhigach ni air a dhaoircad, gle shaor an Glean-aimhreadh.

An d' toir thu do nighean, &c.

Nuair thig Maighistir Cailean 's an Leigh Mac Eallair
 Cha n-eil ag air nach faigh iad dhuinn gealladh na bainnse.

An d' toir thu do nighean, &c.

An deighe na reite thug bean-na-bainnse i fein as,
 'S bha mathair dheth deurach, ged si fein rin an t-aimhreadh.

An d' toir thu do nighean, &c.

'Se Fear Tigh-an-Adh nuair a chual e mar bha,
 Rin an gniomh a bha cairdeil, bha bhaigh ri Gleann aimhreadh.

An d' toir thu do nighean, &c.

Rain' e bhean chinnidh, 's cha do dhuit i a h-ighean
 Le tuille sa shir e, do ghillean Ghlinn aimhreadh.

An d' toir thu do nighean, &c.

RAINN, RI AM DEUCHAINN A DHITH AIRGIOD.

SEISD.

Ho-rain ho ro, 's mor mo mhi-ghean,
 B' fhearr leam gun robh mi as tir so,
 Ho-ruin ho ro, 's mor mo mhighean.

Ged is ann inte tha 'm eolas,
 Tha mi cheana 'm oige sgith dhith.
 Ho-ruin ho ro, &c.

Mile marbhaisg air an t-shaoghal,
 Dh'fhag e gun daoine, gun nith mi.
 Ho-ruin ho ro, &c.

Dh'fhag e mi gun chliu, guh chreideas,
 'S leis a ghainne, 's eigin striochdadadh.
 Ho-ruin ho ro, &c.

ORAN DO DH' IAIN MAC DHUGHAILL,
 TRIATH LUNGA.

Fionn.—“*Failte is furan duit fheannag,*” &c.

A cheud latha do'n bhliadhne,
 Seinneam sgeul mar a baill leam,
 Umad oganaich cliataich ;
 Aig 'm bheil fialachd mar fhagail,
 Co lcis nach bu mhiannach ;
 Air tus na bliadhne bhith t-fhardaich,
 Aig cuirm gun easbhuidh 'am biatachd
 Aig ol Fion 's gach deoch ladair,
 Uait fuar a's teth.

Cha bu dual duit an t-ath'rach,
 A thaobh athar na mathar,
 Rin iad moran a chaitheadh ;
 Nan laithean ri 'n cairdcan,
 Tha nis aoibhealachd fharsuing,
 Anns a mhac tha nan aite,
 Cha ne' cheannach a rin thu,
 Fhuair thu, 'n oighreachd thaobh naduir,
 Is spiorad glan.

A mhic an athar bha uaibhreach,
 A thug buaidh 'n Earraghaidheal,
 A rin storas le crualal,
 A siubhal chuan nan tonn arda,
 'Se mo ghuidhe san uair so,
 Saoghal buan dhuit an slainnte,
 'S mun teirig an ur bhliadh'n',
 Maighdean chul dhonn air laimh dhuit,
 Do theaghlach math.

Ge be te gheibh air laimh thu,
 Gheibh i lan an duine uasail ;
 Do'n chinneadh luath, ladair,
 Anns na blair a bha buadhach,
 Luchd sheasadh na larach ;
 Nuair bhith'dh an naimhdean 'san ruaig orr',
 Dughallaich shoillcir,
 O Dhunolla nan stuagban.
 Le'n lannaibh għlas.

Cha n-eil cleachduin tha cliutach
 'S nach bhcīl t-uidh a dheagh ghaidheil
 Ri am siubhal nan stuc bheann,
 'S tric air glun thu air faire ;
 'S an Eilid ga tcannadh,
 Na h-anail le d' lamhach ;
 Bhith'dh do għilċan tighinn dachaidh
 'San eallach ga'n sarach'
 Le meud an saic.

Cha 'n fhag mi air dichuimhnc,
 Fine rioghail do mhathar ;

Na Lachunnaich fhinealt,
 Naeh strioehdad 's na hlaradh ;
 Nuair be Tearlaeh bu Righ dhuinn,
 Rin iad eiridh gu dan leis ;
 'S an Cnilodaир na huidhe,
 Dh'fhan Mae Laehuinn' san arach,
 Le durachd eear.

ORAN DO BHAN-DIUCHD EARRAGHAIDHEAL,
 AIR CLUINNTINN GUN D' FHUAIR I AM FEOBHAS,
 AIR DIII A BHITH AN EASLAINT.

Fonn.—“Mort Ghlinne Comhan.”

Fhuair mi 'naigheachd hu mhath leam,
 Gum bheil Ban-dinehd Mhie Cailean ni's fearr,
 'S e mo ghuidhe, 's mo dhuraehd,
 I hhi 'n athghearra eruinte le slaint' ;
 Bu truagh eaoidhrean na duthehadh,
 Am be sgun duinte a suil leis a hhas ;
 'S i 'n reul-inl, tha gar stiuradh,
 Anu an slighe, 's an eursa an aigh.

'S lionmhor eisimpleir dhiadhaidh,
 Chuir e cheana anu gniomh anns an ait',
 'S tri a shasueh i 'n taeraeh,
 Thionndaidh mulad is airsneal gu gair ;
 'S tri a ehomhdaieh le endaeh,
 Gaeh aon neach a bha feumail na lath'r ;
 'S thug do dhilleahdain dheurach,
 Eolas soisgeul Mhie Dhe, ehum an Slaint'.

Cha n-eil buaidh b' fheirid i aicc,
 Nach cil fuaite, an taice ri Gras,
 Tha pears' tha gun bharrachd,
 An cruitheachd, do mhaisealachd lan.
 Cha n-eil iosal, na uasal
 Nach i urnuigh gu huan i hhith slan,
 Is i mhealltuinn an' siothaimh,
 Saoghal fada gun dith 'n Earraghaidheal.

Com, am faguinn air dichuimhne,
 An toilinntim tha lionadh nan Gaidheal
 Eadar Muile, Cintire,
 Loch-odha, Loch-fine, 's gach ait' ;
 Chionnn an t-shean chanain hhrioghar
 A labhradh le 'n sinnsreachd, o Adhamh
 Bhi 'm meas, 'n onair, 's an riomhadh
 Aig an reul tha dhoibh dileas 's gach eas.

**ORAN MAR GU BAN LE MAIGHDEAN OG
UASAL, DO MR IAIN CAIMBEUL, EDERLIN.**

SEISD.

Ilin, Alairin i, Ilin, Alairin i,
 Fail il ele, ho ro hi,
 Mo thruaighe mi, mar faigh mi thu.

'S ann air faidhir an Adh,
 Fhuair mi 'phog a leon mo shlaint',

'S eagal leam nach dean mi stath ;
Mar dean an t-armunn amharc orm.

Ilirin, Alairin i, &c.

Ge goirt a tha 'n ciun, aig cach,
Leis na dh'ol iad do'n stuth bhlaith,
'S duiliche dhomhsa misg do ghraidh-s',
Cha'n fhaigh mi 'n drast a crathadh dhiom.

Ilirin, Alairin i, &c.

Oganaich do'n d' tug mi speis,
Cha 'n fhaic mi do lcithid air Feill ;
Bith'dh na h-ionagan ' na d' dheigh,
'S bith'dh t-fhaidhreanan ga'u ceannach dhoibh.

Ilirin, Alairin i, &c.

Cha ni t-oighreachd, cha ni luach,
A thug mo chridhe-sa uam,
Ach an t-shiobhailteachd gun uail ;
Tha ann 'ad għluasad comhraicht'.

Ilirin, Alairin i, &c.

Ge mor am bosd th' aca shios,
A oigfhearin bun na tir ;
Cha n-eil aca siar, na'n niar,
Na chuirinn fliein an' coimcas riut.

Ilirin, Alairin i, &c.

Mo theid thu Lochi-abar a suas,
'S eagal leam nach till thu luath,
Tha na h-ionagan ud suairce,
'S buaireasach, na 'n conaltradh.

Ilirin, alairin i, &c.

Na'm faigheadh tu as an lion,
 'S gun tigeadh tu d' t-fhearann fhein,
 Bheirinn leam thu do Chintire ;
 'S gur mi fein bhith'dh sona dheth.

Ilirin, Alairin i, &c.

Ged tha fear eile an drast,
 Gum mhealladh le bhriathan blath :
 So mo ghealladh, so mo laimh,
 Gu brath, gu'm bith thu, 'm aire-sa.

Ilirin, Alairin i, &c.

Ged bheireadh luchd tuaileas dhomh sgeul,
 Nach bitheadh taitneach mu d' dheigh ;
 So i 'n te nach gluasadhb ceum,
 O h-inntinn fhein, gu'm barail san.

Ilirin, Alairin i, &c.

'S gar am faigh mise do lamh,
 Bith'dh mo dhurachd dhuit, mar bha
 Saoghal fada ann an slaint',
 Na d' shuidhe 'n aite t-athar dhuit.

Ilirin, Alairin i, &c.

(Freagradh.)

'M fheudail thu, m' ulaidh, 's mo luadh,
 Do n' tha mhaighdeannan mu'n cuairt,
 Thug a mhaise' tha 'n ad ghruaidh,
 Mo chridhe uam, 's cha'n fhaigh mi e.

Ilirin, Alairin i, &c.

Ged a chuireadh iad an lion,
 O Lochabar gu Cintir' ;
 Na'n luib cha ghlacadh iad mi,
 Is mi fo chis, 's fo ghlois agad.
 Ilirin, Alairin i, &c.

ORAN DO NIALL OG MAC FHEARAIS, NA FEARNACH.

Fonn.—“*Nam dhomh tionndadh am leabaidh,*” &c.

A mhic an fhir a bha treubhach,
 Bu mhath shiubhal nan sléibhteann,
 Is tric chuir o leum, damh na croic.
 Is tric chuir o leum, damh na croic.

Gc be tc fhuair air laimh thu,
 Gun d' fhuair i mac Gaidheil ;
 Cha bhith caraid an cas, 's thu ga choir.
 Cha bhith caraid an cas, 's thu ga choir.

Nuair bu cheard dhuit an duchas,
 A bhi 'sinbhail nan stuc bheann,
 'S tric bhith'dh ful air an druchd, 's cha bu leon.
 'S tric bhith'dh ful air an druchd, 's cha bu leon.

Guidheam saibhreas, is slaiute,
 Dhuit 'n ad shuidhc san Fhearnaich
 Gus nach fhaodar a radh rint, Niall og.
 Gus nach fhaodar a radh riut, Niall og.

ORAN DO BHALACHAN BUACHAILL.

SEISD.

A ho ro mo phropanach, 's mo ghille maol,
 Caite 'm faigh mi bcan dhuit air an gabh thu gaol?
 A ho ro mo phropanach, 's mo ghille maol.

Mairi dhonn, na Nelli,
 Thu cha 'n fhaigh ri'n saogh'l,
 'San bhios tu aig Peggy,
 An deighidh chruidh-laoigh.

A ho ro mo phropanach, &c.

'S moch bhios tu sa mhadtuinn,
 Mach, leo, ris an fhraoch,
 'S anamoch thig thu dhachaidh,
 'S iad agad air saod.

A ho ro mo phropanach, &c.

'S anamoch thig thu dhachaidh
 'S iad agad air saod,
 'S eagal de cha ghabh thu,
 Ged bheir Glaisrig glaodh.

A ho ro mo phropanach, &c.

Mar an tig na bocainn,
 Comhladh ort nan sgaoth,
 'S cinnteach mi nach sor thu,
 Codhail thoirt do h-aon.

A ho ro mo phropanach, &c.

Ach Gleann a bhith mar riut,
 'S e agad gu d' choir,
 Bu mhal leo an casan,
 Dachaidh, Ghocum Go.

A ho ro mo phropanach, &c

An oidhche a chuir thu leis,
 Trinr dhiu, 'a bharr nan craobh,
 Chunnaic Mairi Bliu ac',
 Turlach nach robh faoin.

A ho ro mo phropanach, &c.

'S ged shaoil i gn'n robh bodach
 Ach-na-cloiche leo
 'S an bh'air fear dhiu boineid
 Mhic Colla nach beo.

A ho ro mo phropanach, &c.

Chaill e i sa Bhaitealt,
 Maille ri leug oir,
 'S tha i 'n sud an tasgaidh,
 Aig taisdealach mor.

A ho ro mo phropanach, &c.

Tha i sud' an tasgaidh,
 'S ri faicinn ri h-aois,
 Gach oidhche thig feachd dhin
 Air teachdaireachd shaogh'lt'.

A ho ro mo phropanach, &c.

ORAN DO DHONNACHA MAC ILIP.

Son.—“*Fhir a bhata,*” &c.

Ged a thuirt Fear na Fearnach,
 Gun tug am posadh, a nuas gu lar thu ;
 De cha'n aithne dhomh 's an aite,
 Fear do d' chinneach, a bheireadh barr ort.

Ged tha 'n Drobhair og ud ainmeil,
 Le chuid storais, air feadh Ghlinn-aimhreadh,
 'S mor a b-fhearr leam bhith oidhch' n ad sheanachas
 Na theid na phoca ri bheo, o mheanbh-chrodh.

Do'n tha Chloinn Ilip anns an duthaich,
 Dhuit bu dual a bhi measail, cluiteach,
 Am fear air 'n d' ainmicht' thu, se bu Diuchd orr',
 'S on chaidh e eug gur tu fein is flur orr'.

ORAN DO MHAIGHISTIR IAIN CAMSHRON,
 A THA NIS NA MHARSONTA ANN AN BAILE
 DHUINEDIN, AIR DHA DOL AIR THURAS O CHEANN-
 LOCH-GILB, DO LOCHABAR. LE LEANNAN.

SEISD.

Mo chean air fear a chuil cheataich,
 Cha cheil mi gun d' thg mi speis dha,
 Mo chean air fear a chuil cheataich.

B' fhearr leam gu'm faicinn mo ghradh-geal,
 A tighinn air mharachd, am maireach,

Leis an *Helicon* ri traghadh ;
 'S e mo chridhe 'n aird a leumadh.

Mo chean air fear a chuil cheataich, &c.

Raehaimn-sa ullamh ná choinneamh,
 Gheibheadh e mo-phog, cha 'n obain,
 Ged' b' an 'san latha gheal, shoilleir
 'S ged' b' an mu choinneamh nan ceudan.

Mo ehean air fear a chuil cheataich, &c.

Cha 'n aithne dhomh anns an aite,
 Coimeas dha 'm pearsa, na'n nadur,
 Foinneamh, fearail, smjørail, dana,
 Caoimhneil, cridheil, baigheil, bcusach.

Mo chean air fear a chuil cheataich, &c.

Chunnaic mi e 'n raoir an aisling,
 Sinte rium, is mi na ghlacadh ;
 'S nuair a dhuisg mi 's gun e agam,
 Cha robh euisle nach d' stad dheth leumnaich.

Mo chean air fear a chuil cheataich, &c.

'S e mo rogainn e da ríreadh,
 Do'n tha dh' fheara anns a chriosdaichd,
 'M be 's gu faighinn-sa ðhomh fein e,
 Bhith'dh na h-uile nì gu'm reñ sa.

Mo chean air fear a chuil cheataich, &c.

Ach ma se 'n dan, 's gu'm bheil e orduicht',
 Nach teid easan, 's mise comhladh,
 Cuiridh an leann-dubh fon fhoid mi,
 Aig na ni mi 'bluron mu dheighinn.

Mo chean air fear a chuil cheataich, &c.

An Lochabar fhuair c arach
 Far am bheil rogha nan gaidheal,
 Camshronaich na Fasa-Fearna,
 Nach robh cearr an cas Righ Seumas.

Mo chean, air fear a chuil cheataich, &c.

ORAN DO BHALACHAN, MAR GU BAN LE
 MHATHAIR.

Mo bhalachan b̄cag, boidheach
 'S iomad iad bhios an toir ort,
 Ach cha leig mi ri 'm bheo ;
 Dhuitsa posadh ri te,
 Gur fhearr leam thu agam,
 Thoirt airc orm fhein ;
 Nuair bhitheas mi falamh,
 'S mi 'm chaillich gun fhéum
 Gur fhearr leam thu agam,
 Thoirt aire orm fhein.

Nuair theid Iain an t-oigfhecar,
 Is Calum gu storas ;
 Do dh' Asia comhlath,
 Bith'dh Deorsa leam fhein,
 Cuir saod dhuinn air aran,
 'S toirt aire air an sprcidh ;
 'S cha hli mi fo smalan,
 'S e dh' fhanac nan deigh,
 Cuir saod dhuinn air aran,
 'S toirt airc air an sprcidh.

Nuair sgaoilis iad uilc,
 'S nach fan agam duine,
 Theid thusa ri minnadh ;
 'S do chuilean 'n ad dheigh,
 A chunntas a chaiteil,
 Tha asguil nan deigh ;
 Cha bhith h-aon dhin gun fhaicinn,
 Am bac, na am feigh,
 Nuair chunntas tu 'n caiteil,
 Tha asguil nan deigh.

'S maирг ni nail as an t-shaoghal,
 Na carbsa a dhaoine,
 'S iома taobh ni iad sgaoileadh ;
 Air faondradh gun fheum,
 A dol ann an doile,
 Gu coire dhoibh fein ;
 A dhi'aindeoin gach oidhirp,
 Chum 's nach toileadh iad beum,
 A dol ann an doile,
 Gu coire dhoibh fein.

Ach ma 's ail leibh bhi sabhailt,
 Air Tir, na air Saile ;
 'Sirruibh dilcas an t-Ard-Righ,
 'S gach cas ni dhuibh feum,
 'S an dhasan is urradh,
 Air cumail o leus,
 'S air stiuradh le urram ;
 Romh gach cιnart fon ghrein,
 'S an dhasan is urradh,
 Air cumail o leus.

RANN MISI.

Thoir mile beannachd o Dhomhnull,
 Gu Eobhan Fear an Eilean;
 'S innis dha gur maireann *Misi*,
 'S gun d' fhuair i do reidhlein Shroineascair,
 Na sean laithean aosmhor, bronach;
 'S 'm bn bheag 's nach bu bhrogan a seiche,
 'S gum faic e i fhast co fheolar;
 'S nuair bha i na h-oige 's na trcise.

ORAN

DO DHROBHAIREAN UASAIL MAIGHISTIR DONNACHA
 MAC-ILLE-BHEARNAIG, BHLAIR-THULLACHAIN,
 AGUS MHAIGISTIR CAILEAN CAIMBEUL PHROS-
 PECT AIR DHOIBH FALBH GU FEILL, LE MORAN
 SPREIDH.

SEISD.

Mo chean air na feara mora,
 Cheadhaichte, 's a phraighe na drobhain,
 Mo chean air na feara mora.

Bu mhiann leam gun d' tugainn cliu dhiubh,
 Air sar Dhrobhairean na duthchadh,
 Dh' fhag iad an de dhol a Dhuin sinn';
 Na fir ur 's bu dumhail an drobh ac'.

Mo chean air na feara mora, &c.

'N saoil sibh nach robh 'm misneach gle-mhath,
 Gun neach a bhith 'm pairt leo mu'n fheudail;
 Nuair a chaidh iomain air trcudan,
 'S an robh coig ccud deug, is cor ac'.

Mo chean air na feara mora, &c.

'S cuiscil, ceann-ladair, ua galain
 Air gach margadh 's anns gach malairt,
 On nach eil Duchra maireann
 Tarruing cha toir na bheil béo ast'.

Mo chean air na feara mora, &c.

Nuair tharladh iad san tigh leanna,
 An deigh an rcic ri fir Shasguinn ;
 Cha bu chiannalach na dh' fhanadh,
 Ah oidhche gu latha 'g ol leo.

Mo chean air na feara mora, &c.

ORAN

DO MHAIGHISTIR LACHLANN MAC LACHUINN,
 CHOILLE-AN-OCHANAICH AIR DHA FALBH DO
 CHOLAISD GLASCHO.

SEISD.

Dh' fhag thu mi 'n de Mhaighistir Lachan,
 Mc dhurachd dhuit thu thiginn fallain,
 Dh' fhag thu mi 'n de Mhaighistir Lachan.

Dh' fhag thu mi 'n de, dhol don aite,
 'Sa 'm feum thu umad an scarlaid,
 'S mar toill thu urram thair each ann,
 B' fhcarr leam thu bhi aig a bhaile.

Dh' fbag thu mi, &c.

Tha do shcan-mhathair sa fo phramhl dheth
 Bith'dh 'm miosachan tric na laimh aic',
 Gus an cluinn i tighinn a Bhata,
 A bheir a gbradh-sa gu caladh.

Dh' fhag thu mi, &c.

Thig thu dhachaidh oirn lan fhoghluiint',
 Anns gach Cainean mar bu.choir dhuit,
 'S Laduin, na Greugais, do chomhradhl,
 Tuigidh tu na n-eoin, air chrannadh.

Dh' fhag thu mi, &c.

Theid thu air t-ais gu bhi d' Lagh-fhearr,
 A Dhun-edin, so i 'm fhaisneachd ;
 'S ma 'm bith thu ach uine ghearr ann,
 Seasaidh tu 's gach cas do charaid.

Dh' fhag thu mi, &c.

Na 'n tuiteadh dhomh' bhi gam dheuchainn,
 Le carrachd, na miorun luchd-euceart,
 Bu chinnteach a saoir do mhear mi ;
 Bhith'dhinn tearuinte ga'n aindheoin.

Dh' fhag thu mi, &c.

'S e mo ghuidh, is mo dhurachd
 Gu'm meall thu do shlainte, a run-ghil,
 'S gu'm bi thu gu measail, cliutach,
 Ann ad dhuthaich, mar bu mhath dhuinn.

Dh' fhag thu mi, &c.

ORAN DO IAIN CAIMBEUL, ACHNACLOICHE.

Fionn.—“A bhean leasaith an stop dhuinn,” &c.

Fhuair mi 'n naigheachd bu mhath leam,
 Gu'm bheil *Stonefield* mo charaid,

Mo choimbearsnach ro mhath,
 An deigh bbith tamul na luidhe ;
 Ann an euslainte caitheadh,
 Air eiridb gu fallain, a rist,
 Air ciridh gu fallain, a rist.

Nam be 's gu'n gearradb an t-cug nainn,
 An laochi urramach, glcusta,
 Bi 'n diubhail, 's be'm bcud e,
 'S ioma neacb a bhith'dh deurach,
 Bhith'dh an Garbh-shlios gu leir ann ;
 'S air mo chint, bheirinn fcin greis ga chaoidh.
 'S air mo chint, bbcirinn fein greis ga chaoidh.

'S ioma malairt bha aguinn,
 On la thainig c'n bbaile,
 Mu dhaimh is mu aighean ;
 Mu cbaoraich, 's mu ghearrain,
 'S na 'n tarladh gun caillinn ;
 Bbithinn carbsach a'm cbaraid gum dhion.
 Bhithinn earbsach a'm charaid gum dhion.

Cha be'n cor Sgillinnean sasgunnach,
 A gheibhte air ais uaitb,
 Ach do notaichean pasgan ;
 Bu shuaracb te do na mairt air,
 Thoirt le uaisle an nasgaidh,
 'S e rogba' chul-taic c dhomh fein.
 'S e rogba' cbul-taic e dhomh fein.

'S tric a tbarruing O Neill air,
 Dh' fheuch am faigheadh e'n luib e,

Le carau's le cuibhlean ;
 A bha 'm falach na inntinn,
 Ach cha d' fhainich e'n Guineach,
 Rin na roithean ad tionndadh air fein,
 Rin na roithcan ad tionndadh air fein.

Sud an duive bha cuiseil,
 A sheasamh a dhuthchadh,
 Na'm feumadh a chuis e ;
 Rin e claidheamh a ghiulan,
 Ioma latha da uine,
 A cumail a chruin air an Righ.
 A cumail a chruin air an Righ.

ARSON LEAC-LIGHE CARAID.

Na luidhe 's cha tinn leis a cheann,
 Calum Mac Iain-Mhoir on Ghleann,
 'S am bheil Aoradh ruith na deann ;
 Fear a b' fhearr a bhuaileadh lann,
 Cha robh 's na Roich na am.

MARBH-RANN DO'N DARNA NIALL MALCOLM, FRIATH, PHOLTALLOCH.

Fionn.—“Calum a Ghlinne.”

'S goirt rin am Bas an drast ruinn tachairt,
 Nuair thilg e le cail, co ard a shaighead,

'S gun d' tng e gu lar, Ceann-ard chloinn Chalum ;
 'S de eha 'n iad san amhain, 'n Earraghaidheal,
 Tha galach, fo cheann-aodach sroil.

Bu tu maighistir na tuath, bu bhuan iad ma rint,
 Nach robh dioltach le mal, 's a echain gun d' mhath thu,
 Cha robh Tighearn 'san ait', thng bar ort am maitheas ;
 'S tha t-anam-sa'n drast an am Pharas, mar b' mhath
 leinn.

Bn leat beannachd an t-shloigh.

Bha gaeħ bnaidh ort a fas a b' fheaird thu agad,
 Ann am pears' thng thn bar, air Gaidheil, 's air Galladh ;
 Cha'n fhaicte fear t-aird', air sraíd aeh annadh ;
 O d' mhullach, gu d' shail, cha robh failinn ri fhaighinn,
 Bha thu 'm maisealachd cor.

Bha thn truacanta, baigheil, pairteil, gramail,
 'Sheasadhl tu dan 's gach eas do charaid ;
 Nan gealladh tu daimh eha baill leat ath'rach' ;
 Ach thusa ga radh, cha b' fhearr leam bannadh,
 Bu cheanalt do dhoigh.

ORAN DO GHILLEASBUG MAC A GHOIL,
 CAIPTEIN NA H-INBEARAORADH.

SEISD.

Hei ho ro mo lnadh sa, an galan,
 Hei ho ro mo luadh sa, an galan,
 Hei ho ro mo luadh sa, an galan,
 A fhuair air marachd lan colas.

'Sa Cheolraidh do 'm reir, be'm beud mar canain
 Am briathradh deis reidh dhuibh, beus a ghalain,
 A thig oirn, 's a theid, le speid do Ghlascho
 'S nach fcum bhith tarruing nan seol rith'.

Hei ho ro, &c.

Tha'n Inbhcarraigheachd eutrom, ealamh ;
 Thoirt aghaidh air gaoith, ri caoiribh mara ;
 'S tha Caiptein cho teom, 's nach faod gun tachair ;
 Ri shaogh'l-san dad dhi do dhoruinn.

Hei ho ro, &c.

Fleasgach glan ur, 's e run nan caileag,
 Bu mhaiu leo 'bhi dluth 'an cuirt a tarruing ris
 'S co meachair a ghnuis, 's a shuil cho meallach ;
 'S gun lub e farasd na h-oighean.

Hei ho ro, &c.

Tha chlcireach da reir gu feasach, ceanalt',
 Siobhailt na dhrcuchd, ro sheimh 'n am tional,
 Dh' fhairich mi fein, am fheum an ceanal,
 'S an uaisle bha leanaitt nan oigfhear'.

Hei ho ro, &c.

RAFFLE NIALL MHIC PHAIL.

SEISD.

'S truagh nach robh mi air a Bhal,
 Mar ri nionagan na h-Aird,
 Cluich air dhislean leis a chomunn,
 Cuideachd thogarach mo ghraidh.

'S an air *Raffle Neill Mhic Phail*,
 Bha na h-ionagan bha brcagh,
 Ceit Chaimbeul, is Ceit Nic Eallair ;
 'S decisichean gcal a gu 'n sail.

'S truagh nach robh mi, &c.

Cha bi banarach an ail
 Bu taire na te do chach,
 Dh' fhag suil mheallach, ghorm a h-aodainn,
 Lot san taobh aig fear na dha.

'S truagh nach robh mi, &c.

Cha robh caileag anns an Aird,
 Nach do chruinnich thun a bhail,
 'S cha robh h-aon aca gun leannan,
 Mar bu mhath leath' air a laimh.

'S truagh nach robh mi, &c.

Scipeadh *Miss Emili* romh 'n ruidhle,
 Cho ghiobach 's ged bhith'dh i na *teens* ;
 Cha robh car a rin i iunnsach,
 San sgoil damhs, nach robh na cuimhn .

'S truagh nach robh mi, &c.

'S an a bha uilleagach Mor,
 Damhsa air bharradh a *toes*,
 'S cha robh caileag air an *Raffle* ;
 Cho staramach ri Curst mhor.
 'S truagh nach robh mi, &c.

Chunnaic mi Gille 'n Tigh-mhoir,
 Ann an cuil gun chaint a bheoil ;
 'S iad a dearsadh mar a ghrian air,
 'S cha bu mhiann leis, bhith gan coir.
 'S truagh nach robh mi, &c.

Ach cha luaithe thug e pog,
 Do mhac na bracha sa chorn,
 Na bha te aig air gach cliathaich ;
 Bhuadhaich e le sian an oil.
 'S truagh nach robh mi, &c.

Gur h-i barrail Mhaighistir Car,
 Gu 'm faigh sinn banais na dha ;
 'S ged nach fiu mar shnamh an sgadan,
 Nach bi talach air aig pairt.
 'S truagh nach robh mi, &c.

RANN DO NIGHEAN OG A BHA AM FIUTHAIR GUM FAIGHEADH I MUILLEAR RI PHOSADH.

Ma gheibh thu ri phosadh,
 Iain mor a mhuillear,
 Cha bhi gainne loin ort ;
 Ri bheosan tuillidh,

Bith'dh min choirce, 's eorna,
 Gu leoир 'n ad mhuillean ;
 'S tusa a bhios roiceach,
 A 'g ol nan ullag.

ORAN DO DH' IAIN OG MAC AN T-SHAOIR
 CLACHAIR.

SEISD.

Cul ri 'm leannan thug mi fein,
 Tha mi arsnealach na dheigh,
 Cul ri 'm leannan thug mi fein.

Gur h-an aguinne tha 'n clachair,
 Thogadh na tigheau le speid.

Cul ri 'm leannan thug mi fein, &c.

Suil nach feumadh sreang a tharrning,
 A thoirt aghaidh balladh, rcidh.

Cul ri 'm leannan thug mi fein, &c.

Leapaicheadh c 'chlach gu ro mhath,
 'S cha 'u fhaichtc gearradh na dheigh.

Cul ri 'm leannan thug mi fein, &c.

Cha bhith'dh a thogail gun phacadh,
 H-uile clach an taic a chcil'.

Cul ri 'm leannan thug mi fein, &c.

RANN DO MHAIGHDEAN OG UASAL A BHA GU
POSADH.

Ged tha agad cairdean fiachail,
 Fear Pholtalloch, is Sir Niall,
 B' fhearr leam am Maor Righ ri d' cliathaich ;
 Na iad fhein 's an leogarachd :
 Coisnidh e dhuit les an *Wand*,
 'S le Inc, is peann, na dolaran,
 'S theag a bi, nuair thig an t-am,
 Gun toir do chlann gu d' plodaich thu.

ORAN DO BHANTRICH OG UASAL.

Fionn.—“*Tha gaoth niar cho chaithreamach*,” &c.

Gun innsinn dealbh na h-ainnir dhuibh,
 Ri 'n abair cach, mo leannan-sa,
 Suil chorach ghorm, 's i meallach ;
 'Sa da ghruaidh air dhath nan ros,
 Suil chorach ghorm, 's i meallach,
 'S a da ghruaidh air dhath nan ros.

Nuair bu choiseachd shraidean dhi,
 Bu tearc a chite a h-aicheadh orr' ;
 Ceum luthar, eutrom, statail aic,
 Nach-lubadh barr an fheoir.
 Ceum luthar, eutrom, statail aic,
 Nach lubadh barr an fheoir.

Ged chaill mi fhein mu'm facadh mi,
 Rud crion don bhath bu taitniche,
 Cha riasan sin gum bacte mi,
 O bhuan a phailteas cor.
 Cha riasan sin gum bacte mi,
 O bhuan a phailteas cor.

RANN A GOBHAIN.

Gur h-e Donnacha Douni 'n Gobhainn,
 Bhuaileas foghainnteach an t-ord ;
 Gus an teid c dh' Innish-sherrich,
 Cha bhi each aguinn' gun bhrog.

ORAN DO NIGHEAN OG A BHA GU POSADH.

Fonn.—“ *H-il u h-il o h-il-orainean,*” &c.

A ri gur mi tha muladach,
 Mun sgeul ur thia cumanta ;
 Gum bheil Oighrig dol a phosadh,
 Fear gun stor, gun tuinneachas.

'S duilich leam ri raithinn air,
 Gur i 's ceard an t-shnathad, dha ;
 Nuair bhios cach amach a 'n leine,
 Taobh nan eibhle', bith'dh 'n Tailear aic'

'S maирg a phosadh tacharan,
 'S nach bi feum ach tailereachd ;
 'S mor a b' fhearr do Chaileag og,
 Bhith gabhail phog mar b' abhaist dhi.

Na 'n gabhadh i mo chomharle-sa,
 Roighnicheadh i 'n treabhaiche,
 Fear leagadh sios gach sgriob gu teann,
 Le crann na cuibhle gogaidich.

Na'm faice sibh an t-armunn ud,
 'S a chuid iaruinn cairichte ;
 'S an t-each ban, is srian na bheul,
 Na leuman, tighinn a Cladaich leis.

Na 'm faice sibh am fiuran ud,
 Is diollaid Chaiptein Dughall aig',
 Gille 's deise marcachd eich ;
 Cha n-eil e anns an duthaich so.

ORAN GAOIL.

Fonn.—“*Sud mar bhuillich mi 'n t-each odhar,*” &c.

O mo chaileag bhoidheach, bheusach,
 Cha cheil mi gu'n tug mi speis dhuit,
 'S tric a dh' fhalbh mi air cach sreine,
 Gu t-fhaicinn, ma 'n eiridh an slogh.

'S co anamoch a thiginn dhachaidh,
 An deigh do chach bhi nan cadal,
 'S ged a chaillinn ris an latha ;
 Cha b' aithreach leam, 'n deigh do phoig.

Na 'n tugadh tu t-aghaidh air Gleannan,
 Is cul ri *Prospect* a bharraich,

Bheirinn dhuit mo lamh, 's mo ghcalladh ;
 Nach b'aithreach leat sud, rid bheo.

Chumainn sitheann riut, is eunlach
 Cearca tomain, fraoich, is liatha,
 'S nuair a be 'm bradan bu mhiann leat ;
 Bhith'dh mo dhuthan fiar na shroin.

Bhith'dh do bhairillean 'd thigh-tasgaidh,
 Pacte le muilt-fhcoil 's le mairt-fhcoil ;
 Min-choirc', is eorna gun airceas
 Lan nan sac, an ad thigh-stoir.

Bhith'dh do chomhdachadh da reir sín,
 Do'n t-shioda b' fhearr a Dun-edin ;
 Fhad sa shoirbheachadh an spreidh leam
 Cha bith'dh eigin ort, am dheoin.

ORAN DO MHARSAILI.

Cha leig mi feadh nan lúba thu
 Cha leig a Ghaoil, mas urrain dhomh ;
 'San a bhios tu stigh le d' mhathair,
 'S sioda srannraich umad-sa.

A Mharsaili gur furasda dhi,
 T-arachadh gu h-urramach ;
 Gun turn cois, na leis, na laimh aic' ;
 Ach ba, ba, a chumail riut.

Na'm faighinn sa gu'n cinneadh tu,
 'S na fir a thighinn ga d' shirreadh-sa ;
 Bu leat tochara do mhathair,
 'S mise, Ghraidh, nach tilleadh sud.

Ach 's eagal leam mu'n tig iad oirn,
 Gu'm bi mise, gun smid agam ;
 'N Cillanuibhir ann am shineadh,
 'S nach bith sprigh sam bi umad.

DO'N TE CHEUDNA.

SEISD.

Tha fhios'am, gur leam fein thu,
 Tha fhios'am, gur leam fein thu,
 Tha fhios'am, gur leam fein thu,
 Oir bith'dh tu air mo dheighinn.

Bith'dh tu h-uile latha leam,
 Air feadh fraoich, is chladaichean,
 Is bith'dh tu ann ad luidhe leam,
 'Nuair ni do Mhammi eiridh ;
 Tha fhios'am, gur leam fein thu, &c.

Am *Fiula*, is an *Corula*,
 'S an Eillean dubh nan Coincanan ;
 Thug sruth leis la romh 'n Choire sinn,
 'S fhuair thu sealladh air Erin.

Tha fhios'am gur leam fein thu, &c.

'S tric a bha thu shuas leam,
 Air Beinn-Iolair uaine,
 'Nuair b'cagallach nar cluasan ;
 Fuaim a chuain sa bheucaich.

Tha fhios'am gur leam fein thu, &c,

Ged bheir iad gach ni eile nam,
 Riutsa dc eila dealaich mi,
 Fagaidh sinn na h-Eilleanan,
 'S bheir mi thu Dhun-edin.

Tha fhios'am gur leam fcin thu, &c.

ORAN DO GHUR, A LEAG CAILEAG OG.

'S an sa Ghur a leag Sine,
 Bha na h-earagan lionmhor,
 Cha robh coileach le cirean ;
 An a ghoireadh nam eiridh.

Innsidh mi sgeul 's cha bhreug i,
 Theagadh nach toir sibh geill dhomh,
 Cha d' leag i ach da ubh dheug foip ;
 Is thainig tri iseanan deug ast'.

Ach rin an Gadaiche spag-bhuidhe,
 An liath-chroman-luchaidh, am mearlach,
 Sealg o la gu la orr,
 Gus nach eil eun aea lathair.

ORAN DO DHUGHALL MAC CALUM,
DROBHAIR EACH.

SEISD.

Seinneam caithream, chaithreamach,
Air Dughall ban Mac Calum so,
'S tric a thug e 'n car asam ;
Mu shean eich, 's mu eich oga.

Ged their luchd nam breugan,
Gu'm bheil thu d' dhuine fiadhaich,
Cha 'n aithne dhomh cho ciallach ;
San Aird an niar a dh'oigfhear.

Seinneam caithream, &c.

Gur 'm bitheadh ach an gearran an,
Nuair chuireadh tu cas thairis air,
Cha 'n aithncadh fear a shealladh air ;
Nach b' Arab e le *motions*.

Seinneam caithream, &c.

'S tric chunnaic mi san reis thu,
Gun a Bhoinead fein ort,
Gun Bhriogais ach am Feile ;
'S e 'g eiridh suas, 's do thon ris.

Seinneam caithream, &c.

Slat na cuip cha baill leat,
Cha 'n fhaitc h-aon dhui 'd laimh sa,

Ach tarrun air a sathadh ;
 Teann, an sail do bhroige.
 Seinneam caithream, &c.

Companach nan Galladh thu,
 A bheireadh clis an car asta,
 An t-each a h' fhearr hhith'dh agad-sa ;
 'S am hut ga tharruing comh'l ris.
 Seinneam caithream, &c.

ORAN DO BHALACHAN BUACHAILL
 AIR DHA A BHI A FAOTINN A SHARACHADH LE
 MUCAN A BHA FO CHURAM, RI AIMSIR FUAR.

SEISD.

Tha Paruig na muc fo ghruaim,
 On sheid air Gleannan gaoth tuath,
 Thol i a bhriogais mu eisich ;
 'S dh' fheann i a shleisdean le fuachd.

'S olc leam a charadh an drast,
 Gleidheadh na 'm muc a buntat',
 B' fhearr nach d' thainig, 's gu'n d' fhan e ;
 A cutadh an sgadain san Aird.

Tha Paruig na muc, &c.

'S duilich dha 'n gleidheadh ri cheil',
 'S odhal orr' uile gu leir,
 Na 'n 'd tigeadh aon uair an Fheill Martuinn,
 Cha 'n fhaicht e gu brath air an deigh.

Tha Paruig na muc, &c.

Chunnaic mi leo e au de,
 A fagail nan tighean le sped,
 Ach bba Curst ga 'n gairm mar a b' abhaist ;
 Is croileag bhuntata fo-sgeith.

Tha Paruig na muc, &c.

Nuair theirig na bha'ice sa cbleidh,
 Thill iad air, te an deigh te,
 Na deann tbainig beist dhiu, romh chasan ;
 A sgiambail mar Aibhistear fein.

Tba Paruig na muc, &c.

Cho chinnteach 's bba Deamhan an treud,
 Ceithir cbeud Muc Ghadarea ;
 Tha *Legion* na dha dhiu am falach ;
 Am mucan a bbaile so fbein.

Tha Paruig na muc, &c.

Thain 'e n la roimhe na still,
 'G eigheach bonnacb, is im,
 A'g innseadh le cabhaig ;
 Gun robh uirceanan aig a
 Mhuic bhric 'n lagan an uilt.

Tha Paruig na muc, &c.

B' fhearr gun robh sibh le cheil,
 Thuirt Curst, far nach abair mi fein ;
 An ceapair cha ghlaic thu,
 Gus 'n teid mi sam faic mi ;
 Na beathaichean breaca air fear.

Tba Paruig na muc, &c.

Rain' iad an Fhail bha'ig a bheist,
 Uircean cha 'n fhaca iad fein,

Thuirt Paruig le aimheal ;
 Mar do shluig an tal' iad,
 Dh'ith nighcan 'a Aibhistear fhein iad.
 Tha Paruig na muc, &c.

Ach fuiridh sinn beagan na deigh n,
 Dh' fhiachain ciod a ni bheist,
 'N fhios nach sgeth i amach iad ;
 A rithist sa chladach,
 Mar rinn Muc-Mhara-Nincbhch.

ORAN MAR GU BAN LE NIGHEAN A BHA CALL A LEANNAN.

Fionn.—“*Bha mi oidhche 'n Lochcarran.*”

Mile marbhaisg air an t-shaoghal,
 Tha e caochlaideach, gabhaidh,
 Theag gur h-an nuair nach saol thu,
 Bheir c aomadh gu d' sharach ;
 Na dean uail air meud t-aobhair ;
 Is thu daonnan aig Saile,
 'S an gun fhios thig na gaothan,
 A tha baoghalach, amhgh'rach,
 Is trom gu cron.

Ri gur dubhach a tha mi,
 'S cach aig radh rium le dimeas,
 Tha do leannan gu t-fhagail ;
 A maireach 's cha till e,

O 'n a rinn e mo mhealladh,
 Le gheallcanan diomhair,
 Nar robh piseach gu brath air,
 Ann aon aite 'sam bi e ;
 Na blicag a rath.

ORAN AN EICH BHAIN.

SEISD.

Bith'dh 'n t-each ban an culaidh mhor,
 Bith'dh e cho rcamhar ri Ron,
 Fada mu'n tig an Fheill Moire ;
 Bith'dh lan a dhrom' air do dh' fhcoil.

Bith'dh e fo dhiolaid, 's fo shrcin,
 Air faidhir an Adh anns an rcis ;
 'S tric air cheann c, aig na Leasaich ;
 A lcughadh an leasain na bheul.

Bith'dh 'n teach ban, &c.

'S gar 'n fhaide 'n fhiacail na 'n fhcoil,
 Tha comharad aige na th-n ;
 'S de cha b' mhiste dad a thcisteas ;
 Ged bhithcadh c greis an Leasmor.

Bhith'dh 'n t-each ban, &c.

Gar 'm bitheadh e ac' ach on dc,
 Dhearbhadh na coimhersnich fein,
 Gun d' fhuair iadsan e na shearrach ;
 'S gu be sud a chab a dheud.

Bhith'dh 'n t-each ban, &c.

ORAN DO PHEGGI DHUGHALLACH.

Fonn.—“*H-il u h-il o h-il oranan,*” &c.

Thogainn eliu na banaraich,
 ’S a Cheolraidh, bhith mar b’ mhath leam dhomh,
 De cha’n fhacas, na thug buaidh orr’;
 Ann am buain ’s na Gleannaibh so.

Thainig nuas gu spaircasach,
 A Torran-mor a tharruing rith’,
 Duinlaoch a chloinn an t-shaoir;
 ’S a ri! gum b’ fhaoin dha teannadh rith’.

Cha mhiosa air an airidh i,
 Dheanamh imc ’s caise dhuinn,
 ’S de cha’n aithneachar air na laoigh;
 Gun d’ shilaod i sinne mathar ac’.

Thog i iad gu h-ailghiosach,
 Cha tug i feur na bainc dhoibh,
 ’S eagal leam gu’m bheil i nios;
 Ri iopanan an Appanaich.

’Sc mo ghuilde durachdach,
 A banais a bhi dluth oirn,
 ’S i dh’ fhaotinn coir air fleasgach og;
 Mu’n toisich a bhliadhnu’ ur tha tighinn.

Ge ro mhath sliochd nan Sealgairean,
 A shiuhal fraoich, is garbh'laich dhuinn,
 De cha mhiosa dad an t-iasgair,
 Dhiasgaicheas san anamoch dhuinn.

ORAN DO CHURST NIC GRIOGAIR.

(Air an Fhonn cheudna.)

Bith'dh Curst og Nic Griogair so,
 Ri heo a dhiobhail misnich,
 Mar 'n tig fear ga h-iarruidh 'nios ;
 Bheir sios gu Rugh'-na-Cille, i.

Ge h-ioma fear tha 'n toir orra,
 On thain' i dh' Airidh scot-innish,
 Cha'n fhaigh h-aon aca i dha fein ;
 'S an deigh tha air an Drobhair aic.

Tha gruaidhean mar na siristean,
 Is hillidh mar *bhermillion* aic,
 Deud mar chailc, 'si snaight' mar dhislean ;
 Iomhaigh riomhach, ghillean i ;

Ma dh' fhagas i Glannan uain',
 Bith'dh fear na dha fo smallan dheth ;
 O ! gun gleidheadh Dia a chiall ;
 Ri Cailean Ciar Mac Lachuin ud.

ANN AN AM DOL SEACHAD AIR CILL ANNS
 AN ROBH DEARBH CHARAID TIODH-LAICHTE.

Fhir tha 'na d' luidhe fo'n fhod,
 Nam bith'dh tu mar bha thu beo,
 Cha bhith'dh minntinn-sa fo leon ;
 Bhith'dh solasan ri fhaighinn nait.

Bi do chomhairle bha glic,
 Nuair tharladh dhomh' bhi an drip,
 Bha mi tearuinte gu tric ;
 Gun fhios a bhi aig anam air.

ORAN GAOIL.

Fionn.—“ Duke of Gordon’s birth-day.”

Dh' innsinn dhuibh eagas mo ghraidh,
 Tha i finealt, foinnidh, ard ;
 Calpa 's cruinne 'an stocaidh ghle-gheal ;
 'S a 's eutruime ceum air an t-shraid.

Tha a gruaidh cho dcarg 's an caor'n,
 Suil mheallach fo mhala chaol,
 Is a cneas cho geal 's an cannach ;
 Na mar Eala snamh nan caol.

Ciochan corrach air uchd ban,
 A mhealladh a mac o mhathair,
 Cho cinnteach 'sa tha mi 'n deigh orr' ;
 Theumadh iad gu beum am Pap.

Sud aguibh a rinn mo leon,
 Mar ri briathra min a beoil,
 Cha chreid mi gun d'sheas air talamh ;
 Te co banail anns gach doigh.

Tha i o bhrollach an t-sheors',
 'G am bu shuaicheantas an srol,
 Agus ceann na muice fiadhaich ;
 A leag Diarmad 'sa choill mhoir.

COMHAIRLE DO CHAILEAG OG A BHA TARRUING RI SEAN DUINE.

SEISD.

Mo nighean donn, thaghainn thu,
 Mo roghainn thu, gun taghainn thu,
 Mo nighcan donn, thaghainn thu,
 Mo roghainn thu, thair moran.

B' fhearr leam fhein gu'm posadh tu,
 Giollan laoghach, *sober*,
 'S thu thoirt cul ri Donull ;
 Fear oil a tha gailbheach,
 Mo nighean donn, &c.

Na 'm faigheadh e na bulair leis,
 Gun oladh e na buidealan,
 Ged hhith'dh 'm buntata tur agad ;
 Gun chudain dhol air gealbhan.

Mo nighean donn, &c.

ORAN DO MHAIGHISTIR ALASDAIR MAC ARTAIR,
 SGRIOBHADAIR AGUS FEAR BANC ANN AN
 INBHEAR-AOKADH.

Fionn.—“*O mo Mhaire laoghach,*” &c.

Fhir a tha aguinn
 Ann am Banc na Rioghachd,
 Guidheam dhuit na 's math dhuit,
 Ri d' laithean gu 'n crioch ;
 Airgiod mar do mhiann duit,
 'S ciall ga chuir an gniomh,
 'S gheibh gach fear bhios fiachail ;
 Fialachd uait gun dith.

Cha hhi neach 'an cruaidh-chas,
 Do'n' tha shluagh 's an Tir,
 Air nach dean thu fuasgladh ;
 'S cruaidh theid thu ga 'n dion,
 Tha thu iochdar, suairce :
 Pait' an uaisle, 's an ni,
 'S ma 's e 'n lagh bhios uapa,
 Co bheir buaidh ort fein.

Ceann-ladair tha thu,
 Anns gach cas, is strigh,
 A ghleidheadh uan cairdean ;
 Sabhailte fo dhion :
 Ged a dh' fhiachadh cach,
 Gu dan ri 'n cuir a sios,
 Thogadh tu iad ard ;
 'S an naimhdean bhith'dh fo chis.

'S og a ghlac thu 'm pcann,
 'S lean thu teann an gniomh,
 Gus nach bheil ach gann ;
 Fear t-ionnsachaidh 'san Riogh'chd
 Rinn thu or nach gann,
 A chuir mu laimh, gun spid,
 'S bith'dh tu chlisge stoilte
 Dhuinn, air t-oighreahd fhein.

ORAN AN EICH UIDHIR.

SEISD.

'S mor am beud gun d' leig mi uam thu,
 'S iad theum mi na *Guininean* ruadha,
 'S mor am beud gun d' leig mi uam thu.

'S e Aonghas Caimbeul an Danna,
 Mheall an steud bha ro mhath uam-sa ;
 'S mor am beud, &c.



B' fhearr leam thu le d' gheal-shuil ghloirean,
Na'n loth Aodhrach, orbhuidh, fhnair mi.

'S mor am beud, &c.

De cha mharcuich mi ri 'm shaoghal,
Am beathach binneach, eutrom, guanach.

'S mor am beud, &c,

Leanadh tu mi feadh an t-shaoghaill,
Ged leiginn an taod mu d' chluasan.

'S mor am beud, &c.

'S minig a bhuidhinn mi an reis leat,
A dh'ionnsaidh na Feill, is naipe.

'S mor am beud, &c.

Cha 'n fheumadh tn 'n spuir ga d' ghreasad,
Dh' fheuchadh tu gun leisg, do luaithead.

'S mor am bend, &c.

Ged labhrainn o mhoch, gu feasgar,
Cha 'n innsinn leth do chuid bhuaidhean.

'S mor am bend, &c.

ORAN,

MU IORGAIL A DHEIRICH A SUAS ANN A' MEASG
SHEIRBHEISICH.

Air Sonn.—“*Mullaith agus m' fheudail,*” &c

'N cualadh sihhse a chaonag,
A dheirich an raoir aig na Ceaird,
Bha Curst mhor, ge h-aosd i ;
Sinte na slaod air an lar :
Is Cailean na beurla,
A seisde orra sa mhas,
Is mu'n d' rinn i geileachd ;
Bha eibhneas aig na bha lath'r.

'N sin rug air a cheile,
Da threun fhéar mhuintir na h-ath,
Jack o' Clubs a H-Erin ;
'S a bheist a bhios anns gach hlár,
Bha sticean 'sa gheisgeil ;
Air clraiginn a cheil aig na Ceaird,
Is mu'n d' rinn iad reite :
Bha feum air gillean h-Aird.

MARBH-RANN DO DHONULL MAC ILLE-MHAOIL,
 MAOR RIGH A BHA ANN AN INBHEAR-AORADH,
 AGUS NA DHEIGH SIN NA CLEIREACH AIG FEAR
 PHOLTALLOCH.

Fionn.—“*Ilirin Alarain i,*” &c.

’S duilich leam an ’n diu gur fior,
 Gu’n dealaich na cairdean is dilse,
 Dh’ fhag e sinne, am Maor-Righ :
 Nach togadh cis a dh’aindeoin dhinn.

’S an aige-san nach ro ’n tlachd,
 An ni sam bhith thoirt amach,
 Nach robh corach, agus ceart ;
 Ged dh’ fhaodadh ’n t-shlat a theannadh riunn.

Cha’n fhacas riamh neach na dheigh,
 ’S a shuil a silleadh nan deur,
 Phraigheadh e, a phoca fein ;
 A dheanamh reit, cha bannadh leis.

Ged a shuidhte leis mu bhord,
 An oidche gu latha ’g ol,
 De cha chluinnte cainnt a bheoil ;
 Ri sgleo, na ’n comhradh sgainnealach.

Cha robh fear cile ’san tir,
 A tharruingncadh am peann ris fein,
 Tur, na tuigse cha robh dhith
 An sgriobhadh, na an labhairt, air.

Bha e ceanalt anns gach doigh,
 Bha c treiseil nuair bu choir,
 De cha d' chuir e cas am broig ;
 A bheireadh coir a dh'aindeoin dheth.

A mholadh cha teid leam fein,
 Mar a thoilleadh e o bheus,
 Ach na 'm bith'dh a cheolraidl 'm reir ;
 Gur mi fein a chanadh sud.

ORAN

AIR DO'N UGHNDAR A CHLUINNTENN GU 'M FACAS
 A THANNASG AIR MADUINN MUICH.

Thainig sgeula gun aidhir,
 Ho, ho rin an o ,
 Am ionnsuidh 's mi 'm luidhe ;
 Ho, ho rin an e ,
 Gum facas mo thannasg ,
 Ho, ho rin an o ;
 Dol amach anns a mhaduinn ,
 Ho, ho rin an e .

Gu'n do thcarn e 'n stair ,
 Ho, ho rin an o ,
 Mun robh 'ghrian air an adhar ;
 Ho, ho rin an e ,
 'S gar am moth'chte da starum ,
 Ho, ho rin an o ;

Thug *Miss Emli* dha 'n aire,
 Ho, ho rin an e.

Mo bheannachd le' m chaidhibh,
 Ho, ho rin an o,
 Mas fior na chaidh raithinn ;
 Ho, ho rin an e,
 Cha n-cil ag air 'm hi dail ann,
 Ho, ho rin an o,
 Gus an tachair am Bas riuum ;
 Ho, ho rin an e.

Fhad 's a 's comas dhomh sgriohhadh ;
 Ho, ho rin an o,
 Air geal le dubh ni mi innseadh ;
 Ho, ho rin an e,
 Mar a roinnis sibh 'n dileah,
 Ho, ho rin an o,
 Chum 's nach bith sibh ri stri uimp,
 Ho, ho rin an e.

Nuair a phraighear an tan-fhiach,
 Ho, ho rin an o,
 Theid an cor gu *Miss Emli*,
 Ho, ho rin an c ;
 Ach na ni mi 'n so ainmeach,
 Ho, ho rin an o,
 Do Lachun 's da Shean-mhathair ;
 Ho, ho rin an e.

Bith'dh agad-sa Shine,
 Ho, ho rin an o,

Ma dh'innis tha'n fhirin ;
 Ho, ho rin an e,
 Deise riobain bhios riomhach
 Ho, ho rin an o,
 A ceann-toiseach na dileab ;
 Ho, ho rin an e.

Mo leabhraichean Laidinn,
 Ho, ho rin an o,
 Do'n sgoilleir og Lachnn,
 Ho, ho rin an e ;
 'S clar-innseadh na h-ath-bhliadhna',
 Ho, ho rin an o,
 Da shean mhathair, le'm bhcannachd ;
 Ho, ho rin an e.

Bith'dh mise ma's beo mi,
 Ho, ho rin an o,
 'Sa mhath-shlogh Didomhnuich,
 Ho, ho rin an e ;
 A dhearbhtha air corach,
 Ho, ho rin an o,
 'S bith'dh gach ni a reir 'm ordugh ;
 Ho, ho rin an e.

ORAN GAOIL.

SEISD.

Ilirin alairin i, Ilirin alairin i,
 Fail il ele, ho ro i,
 Mo thruaighe mi mar faigh mi thu.

'S tric mo shìul-sa thair a chaol,
 Dh'fheuch am faic mi fear mo ghaoil,
 Leiginn na tha 'n Luinn, 's an Soil ;
 Le sruth air ghaol 's gum faighinn e.
 Ilirin alarain i, &c.

'S ann 'sa Mhuillean dubh ud thall,
 Tha 'm fleasgach air 'm bheil mi 'n geall,
 'S truagh nach faicht' a Bhreid ri crann ;
 'S e tighinn le srann do'n chaladh so.

Ilirin alarain i, &c.

ORAN AIR DO'N UGHNDAR BHITH DOL DO LUNGA,
 ROMH 'N CHUAN ANN AM BATA BEAG LE SGIOBA
 AINEOLACH, AGUS AIR BHITHI FAOTAINN MORAN
 AMHGHRADH.

SEISD.

Hei ho ro, mo luadh na galain,
 Hei ho ro, mo luadh na galain,
 Hei ho ro, mo luadh na galain ;
 A thainig o'n Bhaile, le 'n deoin leam.

Nam faighinn aon nuair,
 Le buaidh do Lunga,

Cha chuiridh an Cuan ;
 Orm fuathas tuillidh :
 Cha rachruinn a suas,
 Na 'n nuas gun sruth leam,
 A bheiridh gun bhuaillé, gun seol i.
 Hei ho ro, &c.

Tha Niall air an stiuir,
 'Sa chursa ro mhath,
 Tha Donnacha 'sna siuil ;
 Gu luthar, ealamh ;
 Tha Calum 's an tus,
 'S a shuil gach rathad,
 Ga tearnadh o Charraig na doruinn.
 Hei ho ro, &c.

Dh'fhag mi nam dheigh,
 'S be 'm beud am maraiche,
 A bheiridh romh sheide ;
 Reidh gu cal' i,
 Nach taisicheadh seud,
 Romh reisg na Cailich,
 Na bheul a mhadaidh ghlaís cholgaich.
 Hei ho ro, &c.

ORAN DO DH' IAIN MAC PHAIL,
 ANNS A MUILLLEAN DUBH, ANN AN LUINN AIR
 DHA DOL DO DH'ERIN NA PHIOLAID AIR SOITH-
 EACH, MAR GUM BAN LE LEANNAN.

Fionn.—“*Ged tha mi gun chrodh gun aighean, &c.*”

Naile ! 's e mo ghaol an t-oigfhear,
 Dh'fhalbh do dh' Erin leis an Rohhair,
 'S e thighinn dachaidh oirn le storas ;
 Thogadh gu solas mo Chridh'.

Naile ! 'se mo ghaol an euraidh,
 A thog siuil, o 'n Mhuillean-dubh rith',
 Gur h-e 'n *Neptune* air a mhuir e ;
 Nach leigeadh an eunart i.

Bha gaoth n'ear-dheas on na speuran,
 Cho ladair 'sa ghabhadh seide,
 Mar gu han le' srann aig eigheach ;
 Cha 'n fhaie sibh Erin a ehoidh.

Ged a hha 'm Bealaeh, 'sa 'n Coire,
 Ga'n tarruing le sruthaibh reothairt,
 Ghleidh e fuaradh, chum e orra ;
 'S cha d' leig c air doehair i.

Cruadalach mar hha an eas ud,
 Gun duil ri anam dhiu sabhailt,
 Naeh do leugh mi 'n de 'sa *Ghasette*,
Jack Mae Phail bhi 'n Donaghadee.

ORAN DO DHONULL BUCHANAN, ANN AN
LUNGA.

Fonn.—“*Siad buidhean mo ruin na drobhaireann*”.

SEISD.

'San dh'eiridh a ghrian nam faighidh e mhiann,
Air Donull dubh-liath Buchanan,
'S an dh'ciridh a ghrian nam faighidh e mhiann,
Air Donull dubh-liath Buchanan.

Ma gheibh e a nigh' ruadh bith'dh taice ri ghualla,
Chumas a suas e dh'aindeoin.

'San dh'eiridh a ghrian, &c.

Thig Roich o thuath le'n Iolair a suas,
A sheasas gu cruaidh Buchanan.

'San dh'eiridh a ghrian, &c.

Thig Rosaich nam deigh, is Barruich le speid,
Ma chluinnis iad beud air Mali.

'San dh'ciridh a ghrian, &c.

Sud an cabhlach thig bras, romh bheul a choin-ghlais,
Le lamhach gun stad o'n Cannain.

'San dh'eiridh a ghrian, &c.

Bith'dh Scarbaich 'sa ghlaodhaich, is teine ri 'm maoil,
Is Luinnich romh 'n chaol 'nan deannadh.

'San dh'eiridh a ghrian, &c.

Le'n Log-shiuil a suas a teieheadh gu luath,
Is peileirean luaidh toirt fal' orr'.

'San dh'eiridh a ghrian, &c.

Nam feumte na suinn, bhith'dh Lunga, is Luinn,
Is Searba ; fo chuing Bhuchanan.

'San dh'eiridh a ghrian, &c.

ORAN DO SHIUSI NIC PHARLAN.

SEISD.

O mo chaileag bhoidhcach,
Cha n-eil thu Muileach,
Dh'araicheadh o t-oige,
Leinn thu an Lunga ;
O mo chaileag bhoidheach' ;
Cha n-eil thu Muileach.

Cia mar, their na beistean,
Gum bheil thu guu bheurla,
'S no, is yes, mar dh'fheumar ;
As do bheul gu h-ullamh ?

O mo chaileag bhiodheach, &c.

Mu Arrachar 's ladair,
Do chinneadh Clann Pharlan,
Leotha bhith'dh buaidh-laraeh ;
Ann am blar nam buillean.

O mo chaileag bhoidheach, &c.

'S lion-mhor anns an duthaich,
 Cardean a tha dluth dhuit,
 Luchd dhircadh nan stuc-bheann ;
 'S air an giulan gunna.

O mo chaileag bhoidheach, &c.

'S an dhiu sud Clann Fhearais,
 Fine rioghail, ainmheil,
 Dream a tha neo-clearbach ;
 'S iad fo fhearg sa chumasg.

O mo chaileag bhoidheach, &c

ORAN DO'N TE CHEUDNA

SEISD.

O ! tha Donull-dubh-liath a tighinn,
 Le bhuidcal g'a bhial a t-iarruidh 'nighean,
 O ! tha Donull-dubh-liath a tighinn.

Thig c gun dail a'd shirreadh, 'nigh-bhan ;
 'S bheir e mo lamh-sa far do chinnich thu.

O ! tha Donull-dubh-liath, &c.

Tha Donull-dubh-liath a tighinn le chliabh,
 Cha bhi thu gun iasg, 's cha mhiann ort sithean.
 O ! tha Donull-dubh-liath, &c.

Bith'dh coileach nan stuc, is fhuil air an druchd ;
 Nuair theid e mu chul, ge suileach biorrach e.

O ! tha Donull-dubh-liath, &c.

Nuair chluinnis do mhath'r gur h-e sud do ghradh,
Gur luth'r i gu sail' le bata, 's sgioba leath'.

O ! tha Donull-dubh-liath, &c.

Thig feachd leatha nall, Chloinn Fhearais nan lann,
'S nuair gheibh iad e 'n laimh, bith'dh 'n ceann am
mionaid dheth,

O ! tha Donull-dubh-liath, &c.

O bith'dh Donull-dubh-liath na uidheam,
Ma thig iad a niar, a t-iarruidh Chruinneag,
O bith'dh Donull-dubh-liath na uidheam.

Bith'dh faire, a ghnath air Port an Tigh-Airigh,
'S daingneach-ladair braigh Beinn Iolair.

O ! bith'dh Donull-dubh-liath, &c.

Bheir peileirean luaidhe cuid aca nuas,
Nuair thig iad aon uair mu 'n cuairt Ceann Luinne.
O ! bith'dh Donull-dubh-liath, &c.

ORAN DO CHIOBAIR

MAR GU BAN LE DA NIGHEAN AIR DHA TARRUING
ON 'N DARNA TE AGUS DLUTHIACHADH RIS AN
TE EILE.

SEISD.

O cha toigh, de cha toigh leam,
O cha toigh leam, an Ciobair ;
O cha toigh, de cha toigh leam,
O cha toigh leam, an Ciobair.

Fear a mhuintir Ghlinn-Aoradh,
Cha taobh mi gu siorruidh.

O cha toigh, &c.

Ann am breacan a Bhracsí,
Leis paisgte cha bhi mi.

O cha toigh, &c.

B' annsa Luinneach, 's slat-iasgach ;
Na fiadh bheoth'ch do Chiobair.

O cha toigh, &c.

Chumadh piocach, is cnudan,
Agus uillidh, gun dith riúim.

O cha toigh, &c.

Ach na'n suirtheadh e Peggi,
'S i gun teagamh a striochdadh.

O tha toigh, &c.

O 's toigh, 's gur ro thoigh leam,
O 's toigh leam, an Ciohair,
O 's toigh, 's gur ro thoigh leam ;
O 's toigh leam, an Ciohair.

Gur h-c Ciohair nan caorach,
Mo ghaol do'n na chi mi.

O 's toigh, &c,

'S e mo roghainn, 's mo cheist e,
Do fhleasgaich na tire.

O 's toigh, &c.

Ged a thug i sud cul ris,
Cha be 'n diu dhéanainn fhein dheth.
O 's toigh, &c.

Suil ghorm, mheallach, mar Dhaommean,
 'S cha neil foil anns a chridh ud.

O 's toigh, &c.

Ri uchd tabaid, na tuasaid,
 Gur cruidh e da rireadh.

O 's toigh, &c.

Tha sud dual da o chinneach,
 Sud am Finc tha finealt.

O 's toigh, &c.

'S c is suaichcantas blair dhoibh,
 Iolair ard nan spag iongach.

O 's toigh, &c.

Cul ri Luinnich, 's ri 'n uillidh,
 Ach dhomh cunanta sgríobht' air.

O 's toigh, &c.

RAINN DO GHILLEASBUIG MAC LACHUIN,
 ACHAGHEARRAIN.

Fonn.—“Nam domh tionndadh am leabaidh,” &c.

Ghilleasbuig oig Acha-ghcarrain,
 'S tu mo run do na feara,
 'S tu nach diulta an t-shearrag mu bhord.
 'S tu nach diulta an t-shcarrag mu bhord.

Cridhc soilleir gun fhoill thu
 A dearsa mar Dhaomcean
 Bha uair 's bu leat aoibh nam ban og.
 Bha uair 's bu leat aoibh nam ban og.

ORAN DO PHARUIG DUGHALLACH, FHIULA.

SEISD.

Mo run air a mharuiche,
 Gur luth'r anns na crannadh c,
 Eadar so 's am Muileann-dubh ;
 Gum bheil e 'n diu 's cha b' anna leis.

'S e mo leannan Paruig ud,
 Stiuireadair a bhata dhuibh,
 Air *Julian* nach leigeadh beud ;
 Ged dh' eireadh tuinn, mar ard bheannadh.

Mo run air a mharuiche, &c.

'S tric a sheol e buadhach i,
 Romh bheul-choin ghlais nan stuaghanan,
 'S romh Choire-Bhreacain nan sruth bras ;
 Nuair chluinnte astar nualan aig.

Mo run air a mharuiche, &c.

Cha b' churam euan na h-Erin leis ;
 Nuair a b' airde 'sheide air,
 Fear cha robh air Long Chlann Raonuill ;
 Bha cho teom nuair dh' fheumte sud.

Mo run air a mharuiche, &c.



RANN COLUINN.

A bhodaich nam b——m,
 Ged tha Bhean air chall,
 A bha math mu'n dram ;
 Cha 'n fhag mi thu cam :
 Cuiridh mi geall.

ORAN, DO NIGHEAN OG LEIS 'M BU GNATH
 'A BHITH GEARAIN A CINN.

Fionn. — “ *Marsonta an t-shnudain 's Muillear an t-shnodain.* ”

Tha eugail na dunach,
 Am bliadhna, 's an uiridh,
 Ga d' bhualadh fo 'n churachd ;
 A chuireas o fheum thu :
 Cha tig fear am bliadhna,
 A dh' iarras dha fein thu,
 Tha Donull dubli-liath ;
 Toirt car fiar as ga d' threigsin :
 Cha tig fear am bliadhna,
 A dh' iarras dha fein thu.

Ma 's falbh dhuit da rireadh,
 Co dha 'ni thu'n dileab,
 Bith'dh 'n t-agh breac ac 'na mhirean ;
 Mar minich thu fein e :

Air geal le dubh cuir a sios e,
 Le sgriobhadair gle-mhath,
 Ma ni thu dichuimhn' ;
 Bith'dh 'n t-iurnadh do reiteach :
 Air geal le dubh cuir a sios e,
 Le sgriobhadair gle-mhath.

Ruig gu h-ealamh am maireach,
 Fear cinnidh do mhathar,
 'S bith'dh e diongalta ladair ;
 Ann 's gach canain bhios feumail :
 Cha bhi mearachd, na failinn,
 Aig each ann ri 'leughadh ;
 Ach co daingeann 's ge d' thairngte ;
 'Sa Pharlamaid fein e :
 Cha bhi mearachd na failinn,
 Aig each ann ri 'leughadh.

ORAN

AIR DO'N UGHNDAR TIGHINN DACHAIDH OIDHCHE ANAMOCH
 AN DEIGH AM DOL A LUIDHE.

SEISD.

Cha n-ol mi deur tuillidh,
 Deur tuillidh, deur tuillidh,
 Cha n-ol mi deur tuillidh,
 Cha bhuin e dhomh ann ;
 Cha n-ol mi deur tuillidh,
 Cha n-fhaod mi leibh fuireachd,
 Air eagal 's gu'n cuir e ;
 An tubaist am cheann.

Ma bhios orm frogan,
 Bith'dh Anti ri sgoilleam,
 Aig innseadh mo eholtais,
 'S na chosd mi 'san dram ;
 Toirt mionnanan mora,
 Mar sguir mi do n' doigh nd,
 Gu'n innis i do m' sheorsa ;
 Gach goraieh tha 'm cheann.
 Cha n-ol mi, &c.

Cha teid mi gu banais,
 Na margadh, na farair,
 Air eagal 's gun tachair
 Mi, maille riu ann ;
 Ga 'n aidhecar, 's ga'n eibhlneas ;
 Bhidh 'g ol air a cheile
 Gun iomradh air eiridh ;
 Le'n deigh air an dram.
 Cha n-ol mi, &c.

Nuair thig mi gu baile,
 'S a bhios iad na 'n luidhe,
 Bith'dh 'n dorus orm glaiste ;
 Na spaire le crann ;
 'S eigin bhi briodal,
 Aig iarruidh orr 'eiridh,
 Na fulan fo'n t-shide ;
 Gun mhir dhol am cheann
 Cha n-ol mi, &c.

'S bi-ehionnta doruinn,
 An deighiun an ol so,

Air nach smuaintich an oigridh ;
 Tha 'n toir air an dram,
 Dh'eirich driod-fhortan uamhar' ;
 Dhomh s' oidhch' a bha cual orm,
 'S nach e rinn mo hhuaireadh ;
 Nuair hhuail mi 'n *Good-man.*

Cha n-ol mi, &c.

RANN DO SGOILLEAR OG A BHA NA LUIDHE LEIS AN UGHDAIR.

Comhairl' ort a Dhomh'l Mhic Dhughail,
 Duin do shuilean is dean tamhlain,
 Na bith 'g innseadh tuille bhreugan ;
 'S fhios'am fhein gu math, mar tha mi ;
 Tha fhios'm gu'm bheil thu smuainteach,
 Gur tric nach do chaomhain mi'n *tas* ort,
 'S ma miothair eagal an fir ud ;
 Cha robh thu, ri d' mhiodal hlath rium.

ORAN LE A MHATHAIR DO LEANABH GILLE.

SEISD.

A Bham 's toigh led Mhammi thu,
 'S tu h-annsachd on chunn' i thu,
 A Bham 's toigh led mhammi thu,

Ged is tana t-aodan,
 Tha thu laoghach aobhach,

Is ma gheibh thu saoghal ;
 Cha 'n fhaod thu bhi aimeadach.

A Bham 's toigh, &c.

Chi i 'd dhuine mor thu,
 Theagamh bi, na 'd Choirneal,
 'S na caileagan is boidh'che' ;
 Le 'n storas a teannadh riut.

A Bham 's toigh, &c.

Air dhuit tighinn air forlach,
 Do 'n chearna so 'n Roinn Eorpa,
 Thig sioda leat ga comhdach ;
 'S theid or chuir am bannadh dhi.

A Bham 's toigh, &c.

RANN DO MR IAIN CAR, DROBHAIR.

So i slainnte 'n uasail,
 Tha comhladh riunn,
 Mac an fhir on chruaich ;
 A tha ros-mhaiseach :
 Luiseanan mn bruaich,
 H-uile car mun enairst,
 'S tric thug Carach enairst ;
 Uimpe 'n ceo-mhaduinn.

ORAN DO MR ALASDAIR MAC AN ABA,

MINISTEAR OG, A BHA AIR AOÍDHEACHD ANN AN TIGH
 AN URRAMAICH CAILEAN CAIMBEUL, CHNAPDAIL MU
 THUATH; AIR DO DHA NIGHEAN UASAL (A RINN TADHAL
 ORRA;) AM BARAIL INNSEADH UMPA.

Fionn.—“*Mo run an Drobhair Lathurnach*”.

Ged is duinte leibh-sa beul,
 An fhleasgaich sin a tha do'n chleir,
 'S ro mhath 's aithne dhomh-sa 'n tc;
 Theid dhiobhail eil mar fhaigh i e.

'S ann 'n Eilean-Mara nach traigh,
 A dh'fhag e a roghainn do mhnai,
 De nam bith'dh i lcis nar 'n ait's';
 Bhith'dh briathra blath ro phailt aige.

'S bha sibhs' air ar toirt a suas,
 Dhasan ga 'm bheil h-uile buaidh,
 Air alt's nach cluinneadh sibh'n fhuaim;
 Ged bhuailt nar cluais cluig Ghlasachi.

DO MR IAIN MAC LACHUIN, BHRAIGH-
 GHLINNE, AIR DHA RANN IARRUIDH.

Fionn.—“*H-il u h-il o h-il or in an*,” &c.

Seinncam cliu nau Lachanach,
 'S ioma la bha agam leo,
 Daoine treubhach, measail, cliutach;
 Anns an duthaich so aguinne.

Chuir sinn fear dhiu' Lathurna,
 'S de eha n-eil am bharail sa,
 Aon Mhac Mathar a bheir buaidh air ;
 Ann an cruas, na'n gramalachd.

ORAN

DO NIGHEAN OG A MHUINTIR EILEAN CHOLONSA AIR
 DHITH A BHREAC A GHABHAIL AIR TIR-MOR.

Fonn.—“*Mo run-sa 'n Drobhair Lathurnach.*”

Ri ! gur mise tha fo ghruaim,
 On a thain' a phlaigh mu'n euairt
 A dh'fhag tana, glas, gun snuadh ;
 Na gruaidhean 'san robh mhaisealachd.

A dh'aindeoin na rinn a bhreae,
 Gur gile thu fo d' leine nan sneachd,
 'S ro mhath 's aithne dhomh-s' am fear ;
 Theid thair a bheachd mar fhaigh e thu.

'S an do dh' Eileanach nan ord,
 A thug thu do ghaol ro og,
 'S de cha n-eil c air tir-mor ;
 Na gheibh a phog bu mhath leat dha.

Ma tha 'n dan duit dol thair sail',
 Gus an t-Eilean 'm bheil do mhath'r,
 De cha'n aithnich i gu brath ;
 Gur paiste do'n bha aicce-s' thu.

CUIBHLE AN FHORTAIN.

Tha cuibhle an fhortain, gu luaineach,
 Ruith mu'n cuairt cha stad, 's cha tamh dhi,
 Am fear a tha'n diu an uachdar ;
 Car mar car dheth nuas am maireach.

ORAN LUAIGH.

SEISD.

H-il u h-il o, ho ro ele,
 H-il u h-il o, ho ro ho,
 H-il u h-il o, ho ro ele.

Seall amach am faic thu, 'm bata,
 'Sa siuil an togail an ard rith'.

H-il u, h-il o, &c.

'Sa siuil an togail an ard rith',
 A deanamh air port an Tigh-airidh
 H-il u, h-il o, &c.

A dheanamh air Port an Tigh-airidh,
 'G aisig na mnaoi choir do mhathair.

H-il u, h-il o, &c.

'G aisig na mnaoi choir do mhathar,
 Donull-dubh-liath leatha, 's Paruig.

H-il u, h-il o, &c.

Donull-dubh-liath leatha, 's Paruig,
 'S fear na misnich Iain Ban, leo.

H-il u, h-il o, &c.

'S fear na misnich Iain Ban leo,
 Sud an sgiobadh bheir i sabhailt,

H-il u, -il o, &c.

Sud an sgiobadh bheir i sabhailt,
 Dh'aindeoin na gaoth tuath, 's an traghadh.
 H-il u, h-il o, &c.

Dh'aindeoin na gaoth tuath, 's an traghadh,
 Gus an cala rinn i fhagail.

H-il u, h-il o, &c.

ORAN DO CHEIT NIC AN T-SHAOIR ANN AN
 LUINN, MAR GU BAN LE A LEANNAN.

SEISD.

O mo nionag, e mo nionag,
 O mo nionag, 's fior ri luadh e ;
 O mo nionag, e mo nionag.

A nionag a chuil bhuidhe, bhoidhich,
 'S ro mhath thig au t-or 'n ad chluasan,
 O mo nionag, &c.

Na'n tarladh dhomh san Tigh-osda,
 Ort gu 'n Olainn lan na cuaiche.

O mo nionag, &c.

Tha thu banail, tha thu beusach
 Cha n-eil meang, na euail fuait riut.
 O mo nionag, &c.

Tha do ghruadh cho dearg 'san t-shiris,
 Beul o milis an d-tig duanag.
 O mo nionag, &c.

Suil ghorm mhcallach, fo d' chaol-mhala,
 Nach leigeadh le d' leannan fuarach.
 O mo nionag, &c.

'S ioma oigfhear a tha 'n deigh ort,
 Aig am bheil a spreidh air Buailc.
 O mo nionag, &c.

'S cinnteach mi gu'n cluinn sinn ealamh,
 Iundrainn aig math-shlogh a Chuain ort.
 O mo nionag, &c.

Thu bhi ann an gealladh posaidh,
 'S mise bhitheas bronach truagh dheth.
 O mo nionag, &c.

ORAN MHARSAILI.

Thig a so a laogh mo chridhe,
 Agus innis dhomh do sgeul,
 Innis dhomh an d' fhuair thu leannan ;
 Ann 's a bhaile, tha do 'd reir :

Fencham fhein gum bi rud aige,
 Ma'n dean thu tarruing na dheigh,
 Chumas Ti riut fhein, 's ri d' Mhammi ;
 On' chaidh do Dhaidi o fheum.

Gabh mo chomhairle mo chaileag,
 'S gluais gu banail ann 's gach ecum,
 Na leig le greadhnachas Baile
 Margaidh, do tharruing gu benm :
 Chum 's gum faighe-mid do bhanais,
 'S gum bith'dh-mid an aidhear gu leir,
 'S gum bith'dh tu rist mar b' mhath leinn ;
 Aig fear do thighe' an speis.

'Se bu mhiann leam fhaieinn agad,
 Fear-Baile is malairt spreidh ;
 Reiceadh, 's a cheannuieheadh air faidhir ;
 'S thigeadh dachaидh dhuit ua eheil :
 Ged a dh' fhuireadh e seol-mara,
 Air uaireadh, le caraid air Feill,
 Cha bu mhisde, air mo bharail ;
 Bha 'm fasan nd agam fein.

Gabh a uis ri briathra t-athar,
 'S cha bhi aithreahas ort fhein,
 Gleidh an snim, 'sam brigh 'n ad aire,
 Gach aon latha mar do ehreud,
 Ma bhios tu 'n ad oige 'a t-amaid,
 Bith'dh tu aimhealach na dheigh ;
 Fhad 'sa maireann thu air thalamh :
 Fo 's malan a silleadh dheur.

ORAN

MAR GU'M BAN LE NIGHEAN OG AIR DHI A
CHLUINNTINN GU 'N DO PHOS A LEANNAN.

SEISD.

A ho ro, ho ro, I ho ro, ho ro.
A ho ro, ho ro, chail mi Eobhan.

Chail mi Eobhan ban, mo luadh-sa,
'S shaoil leam gum bu hhuan domh Eobhan.
A ho ro, ho ro, &c.

Nar is slan do'n te thug nam e,
'S nar am faigh i uair da sholas.
A ho ro, ho ro, &c.

'S e mheall e 'n t-or bhi na cluasan,
Is a gruaidhean bhi cho ros-dhearg.
A ho ro, ho ro, &c.

Mem, is *Sir,* a bhi cho reidh dhi,
Sud an rud a dh' fheumainn-s' fhoghlum.
A ho ro, ho ro, &c.

Ciod am feum na h-uaisle, 's na h-oilean ?
'S an tha coir' an dha is dolas.
A ho ro, ho ro, &c.

Te nach fuaign, 's nach nigh a lcine,
Ciod am fcum tha intc' dh' Eobhan ?
A ho ro, ho ro, &c.

Gun aon smid Ghailig na eeann-sa,
I cho galta ris a bho bhrie.

A ho ro, ho ro, &c.

'S e ni mo leireadh an fhoehaid,
Ni Niall na drochait mu Eobhan.

A ho ro, ho ro, &c.

ORAN DO CHAILEAG OG.

SEISD.

'S mise 'm fear nach iarr thu,
Nach iarr thu, nach iar thu,
'S mise 'm fear nach iarr thu ;
Cha 'n fhiach leam idir do dhoigh.

B' fhearr leam caileag a bhith'dh falamh,
Dhcanamh banalas feedh tighe,
Na ged gheibhinn te le earras ;
'S i na h-amaid leis an spors.

'S mise am fear, &c.

O am ciridh dhuit gu luidhe,
Cha n-cil uis annad do *d' mhami*,
Do dha laimh mu *d'* glun ga *d'* gharradh ;
'S breac an t-eallaich ort gu *d'* t——n.

'S mise am fear, &c.

'S cinnteach mi nach faigh thu mairist,
Fhad 's is maircann thu air thalamh,
Bith'dh tu chonaidh 'mulaeh tighe ;
'S gun aon leannan ort au toir.

'S mise am fear, &c.

ORAN CRAIG-INNISHEACH.

Tha 'n Craig-innish daoine coire,
 Ged tha moran ann do bheistean,
 Tha Buchannan an tigh-osd ann ;
 Duine leis nach deonach eucoir :

Tha e cairdeil, cridheil, caoimhneil,
 Naile ! cha n-eil foil fo'n ghrcin ann,
 'S tric a bhios a shearrag traigthe ;
 Agus each gun siola fhcein uap.

Chunntainn, Alasdair an t-shaoir leo,
 Air mo chint gum faodainn fein sin,
 Drohhair uan, is mholt, is chaorach ;
 Reiccadh daor, ri luchd na beurla.

'S an dhiu sud Iain Caimbenl Thearlaich,
 Ged a tha e 'n drast na eigin,
 'S tric a chunnaic mise Bal aig ;
 Ann an Luinn, a paigheadh spreidhe.

Tha fear eile do'n na braithrean,
 Nach faod mi fhagail 'sna beistein,
 Se sin Eobhan mor na h-Airde ;
 Tha mu thrath buntata gle-mhath.

Caiptein Deorsa brathair mo mhathar,
 (San lagh) don hhatallion cheudna,
 Cridhe fial, farsuing, gun fhailinn ;
 Cha n-eil aicheadh anns na ceudan.

Chuirinn rin Cailean mo bhrathair,
 Sc bha mi gu radh mo bhrath'r ceile,
 Am fear ad nach iarradh do dh' abachd ;
 Ach Frangach bhith 'n sas am beist-dubh.

San dhiu Tighearna og dh' Iura
 Uasal tnigscach, cliutach, glensta
 'Sheasamh daingeann a luchd duthcha,
 Nuair bhith'dh iad an cuis na h-eigin.

MARSAILI AGUS AN LUCH AIR MADUIN NA
 BLIADHN' UR.

Thainig Inchag aig mo chéann,
 'S dh'cigh i Mharsaili ; bi nall,
 Eirich grad, is faigh do dhram ;
 'S do *Churran-bun*, 's bliadhna' cil' aguinn.

De cha toir mi an ad bheul,
 A bheothaich mhosaich mir, na deur,
 'S ioma cnil, is cuilidh, bheist ;
 O'n goid thn feisd ma'n teirig i.

Ged a bheir mise a stor,
 Bith'dh mo bheannachd leis a chor,
 Na bith'dh cnram ort do'd lon ;
 Is misc a'd choir cha n-cagal dhuit.

O ! ma 's an mar sin a tha,
 Falbh is thig is ith do shath,
 Rib, na cat ; cha chuir thu 'n sas ;
 'Sa choidh bith'dh cairdeas eadar ruinn.

DO DH'I AIN DUBH NAN EUN.

Iain duibh, gur math leam slan thu,
 'S math leam piob Tombac agad ;
 Is cairsteal chumas lan i,
 Iain duibh gur math slan thu.

Thuirt iad riut Iain dubh nan eun,
 'S air 'm fhacal 's fior ri radh e,
 'S ioma eallach thug thu dachaидh ;
 Thug Braigh-bhealluich bas dlioibh.
 Iain duibh gur math leam slan thu, &c.

ORAN

DO DHUINE UASAL OG A THA ANN AN DREUCHD ARD ANN
 AM BANC LER-UIC ANN AN ZETLAND. (MAIGHISTIR LEISG.)

SEISD.

O h-ug air fear donn nam blath-shuil,
 Cridhe fial, gun ghiamh, gun fhailinn,
 O h-ug air fear donn, nam blath shuil.

'S ioma gruagach, a thug speis dhuit,
 Eadar *Unst* is Baile Ler-uic,
 Bheireadh coir air or, 's air spreidh dhuit ;
 Air chunant' a chleir gar tathadh.

O h-ug air fear donn, &c.

Nach iarradh a sholas, na dh'aidhear,
 Ach bhith sinte riut am plaide,
 Do dh' Olainn nan caorach ballach ;
 Ann 's na dathan air an dh'fas i.

O h-ug air fear donn, &c.

Na 'n d tiginn a rithist an rathad,
 Mar nach tig a rcir in o bharail,
 Bu mhiannach leam t-fhaicinn fallain ;
 'S or a Bhail' agad ga laimhsich.

O h-ug air fear donn, &c.

ORAN DO DH'FHEAR INNISHTRINICH,
 LE MNAOI UASAIL, AIR DHI FHAICINN ANN AN DUNEIDIN
 ANNS AN EIDEADH GHAIÐHLEACH.

SEISD.

Irin, o h-ug ð,
 Irin, o ho rì
 Irin, o h-ug ð
 Hog u, o ro l.

Chunnacas thu 'n de,
 'N Dun-edin air an t-shraid,
 'S bha air h-uile ceum ;
 Suil nan deigh'n aig mnai.

Irin, o h-ug o, &c.

Cha robh te a chithe thu,
 'N ad dheisc bhreac,

Nach teoghadh na cridhe riut ;
 Chaill cuid am beachd.

Irin, o h-ug o, &c.

'S an dhiu sud mi fein,
 Leir thu mi inar chach,
 Cha n-eil Leigh fo 'n ghrein ;
 Ni dhomh feum, na stadh.

Irin, o h-ug o, &c.

Ged bhithinn cho earrasach,
 Ri bean Iain Ruaidh,
Marchioness ud Lathurna ;
 Bu tu mo luadh.

Irin o h-ug o, &c.

Dh'iobrainn mo chuid storais,
 Sios aig stol do chois,
 'S na gabhadh tu coir air ;
 Bhithinn beo aig fois.

Irin, o hug o, &c.

ORAN DO MR DONNACHA MACANUIR,
 INBHEAR-AORADH.

SEISD.

'S mor mo mhi-ghean leam fhean an diu,
 'S gun mi stir 'm bheil siol an tuirc,
 Far am paitl na feara finealt' ;
 Dh' oladh Fion, 'sa dhioladh le'n cuid.

A mhie an oighre o Ghleann siorradh,
 'S mise nach leig thu air diehuimhne,
 Tha iad annasaeh 'san tir so ;
 Tha nan doigh eho siobhailta riut.

'S mor mo mhighean, &c.

Sgoilcar leughaidh, agus sgriobhaidh,
 Canainean gnath'chte gach riogh'achd,
 Paitt an uaisle, am modh, 's am firin ;
 Suil tha 'g innseadh eridh' 'sa bheil t-lus.

'S mor mo mhighean, &c.

'S ioma Ban-tighearna thug speis dhuit
 An Albuinn an Sasgunn, 's an Erin ;
 Chor 's gu'm faighidh i dhi fein thu,
 Bheireadh eoир orra fhein, 's air a cnid.

'S mor mo mhighean, &c.

Leis 'm bu thaitniehne bhith lamh riut ;
 Na'n eaidreamh nan uaislean arda,
 Tha gun tur, gun tuisge naduir,
 Fuar, neo-bhaigheil, tareuiseach, druit.

'S mor mo mhighean, &c.

Na 'm bithidh nitnidh mar baill leam,
 Bu leat eoир air Stue-a-sgardain,
 Fhad sa shruthadh uisg o braighe ;
 'S fhad 'sa chinneadh Fearn na bun.

'S mor mo mhighean, &c.

ROMAS AGUS NA BRIOGAISEAN.

Fionn.—“*An Doctair Leodach 's biodag air,*” &c.

Thainig Romas thun na Feill,
 'S bu bheag a feum mar 'n d-tigeadh e,
 Mu'n do thil e dhachaidh suas ;
 Gu'n d' rinn e suaip mu bhriogaisean.

Nuair a thainig e a Luinn,
 Bu lion mhor tuill na bhriogaisean,
 Ach fhuair e paithir a bha fior mhath ;
 'S dh'ol iad fion mun bhriogais ud.

Nuair fhuair e 'n drill air na cairdean,
 Mheall e cach a rithist uap',
 'S air barr bata thair a ghualain ;
 Chuir e suas na briogaisean.

Lorgaich iad e gu Dunchragaig,
 'N ard cha bhith'dh iad idir ris,
 'S an bha Romas fo'lan abhachd ;
 Seach Ceann-tra le bhriogaisean.

'S mor an call a ni e 'n aite,
 'Mhalairt bha mun bhriogais ud,
 Cha tig Romas tuille 'nuas ;
 Ma'n toir iad uaith a rithist iad.

DO CHURSTAN MHOR NIC CAOIDH.

Chaidh Curst na deannadh as a bhaile,
 'Shirreadh falluinn dhomhsa,
 'S ma thig i dhachaидh mar a gealladh ;
 Gheihh i paithir bhrog uam :
 A thearnas on talamh a casan,
 A dhaindeoin a t-ne,
 'S a hheir i gu Feill, na Banais ;
 Na'n Chlachan, Didomhnuich.

Gum a fallain bhios an ainnir,
 A chaithcadh nam hrogan,
 'S guidhcam mairist dhi bhios ro mhath ;
 Mu'n t-annaich an t-shron ac' ;
 Choidh cha 'n fhailnich iad 's na sailtean,
 'S cruidhcan stailinn, fodhpa,
 'S i fein os barr cho eutrom bhreagh ;
 'S nach teid ach barr am meoir foip.

RAINN EADAR AN T-UGHDAIR
 AGUS CAILEAG GHAIIDHLEACH A BHA NA
 SEARBHANTA AIGE ANN AN DUN-EDIN.

'S mise thair mo leireadh leat,
 Le ceisdean tha neo fheumail dhuit,
 A foighncachd sud, 'sa faraid so ;
 Mo chridhe goirt aig eisdeach riut.

(*Ise freagairt.*)

'S e fasan Chille Martuinn ud,
 Mar d' atharraich iad on dh'fhag mi e.
 Cia as duit? is caite dol?
 Is ciod is gnothach airid dhuit?

'S cha n-iognadh ged do fhairdinn-sa,
 Ceisdean air na sraidean so,
 'S far an d' fhuair mi 'm arach og;
 An doigh ad bhith mar fhagail ac'.

ORAN DO MR GILLEASBUIG CRAUFORD,
 DROBHAIR CHINTIRE, AIR DHA GIBHTE DO DH'Uaireadair
 OIR FHÀOTAINN O MHUINTIR BRAIGH NA DUTHCHA.

Gu meall thu, a charaid,
 An t-uaireadair oir,
 A fhuair thu o d' mhalairt,
 'S o cheannach nam bo,
 'S math leam i agad;
 Gu'm faiceadh do sheors',
 Gu'm bheil thu an airidh;
 Air Aire an t-shloigh.

Tha thu mcasail, gle-ainmeil,
 'M Bailtibh-Margaidh na Riogh'd,
 An Glasacho, dhearbh thu,
 Gun aithneachadh tu ni;
 Bith'dh na mnult leat, is gairbhe,
 O Eilean Mor Mhic O Choramaig,

O Dh' Iuar, o Scarba ;
 'S o Gharbh-Eileach fhein.

Gur tric thu 'n Dunedin,
 Air Feilltean le d' dhrodh,
 Le miltean, 's le ceudan ;
 Do spreidh air 'm bi feoil :
 Bhith'dh gach buidsear 'n ad dheighinn ;
 'M run nam biodag da cheile,
 'S m'an leig thu o d' bheul iad,
 'S gle-eutrom am poc.

ORAN

DO DH'FHEAR A BHA FALBH LE MART REAMHAR CHUM
 A MARBHADH, LE MOR THOILINNTENN A THAOBH GUN
 ROBH E FEIN RIS AN T-SHEICHE PHAOTAINN.

Chunnaic mi thu 'd dheannadh,
 A ruith feadh a bhaile,
 'S tu leam leis an aidhear ;
 'S i agad air rop.

Bha 'm mart dubh 's an uallan,
 A fagail na buaile,
 'S tu na deigh le cuaille ;
 Ga bualadh san toin.

'Nuair a mhothaich each dhiot,
 A boladh, 's a faileadh,
 Rainig iad an Garadh ;
 Gun dail air do thoir.

Dh'fheueh iad air an rathad,
 An adharcan 's an talamh,
 Dh'fheuch an robh iad daingeann ;
 Gu 'n sparradh 'n ad t-n.

Bha iad anns a hhecuaijh,
 G' am putadh na cheilc,
 Dh'fheuchainn eo bu gheireadh ;
 Gu reabadh air t-fheoil.

ORAN

DO DHA DUINE UASAL GHAILMLEACH A THA AN DRAS AN
 DUN-EDIN, AIR DHOIBH FALBH GU SEILG (UILLEAM
 MAC AN ROICH AGUS DUGHALL MAC GRIOGAIR.)

SEISD.

Mo chean air na feara gleusta,
 A dheireadh am hruaeh, gu h-eutrom,
 Mo chean air na feara gleusta.

Dh'fhalhh na feara 'g am hu duchas,
 Bhith ghnath a losgadh an fhudair,
 Le'n gunnaicheadh glana, ura ;
 A cluir smuid ri eoin an t-shleidhe.

Mo chean, &c.

Dh'fhalbh iad le'm mial ehoin air loghan,
 Gu sunntaeh, amach ri monadh,
 Cha thearnadh do dh'eun na' mhaighcheach ;
 A thig an sealladh nan treun fhcar.

Mo chean, &c.

Nuair a chaogas fear dhiu an t-shiul aig,
 Ris a għunna chaol nach diulta,
 Bith' db Elid bbinneach nan Stuc bheann ;
 Na luidhe gun luth, is beuc aic.

Mo chean, &c.

Nuair a bha iad sud nan oige,
 Am fochair an daimh chabraich chrobh-dhearg,
 'S tric a leag iad e sa mhointich ;
 Gun an deo aige gu eiridh.

Mo chean, &c.

ORAN DO MHAIGHIISTIR DAIBHIDH, CRO ĀRD
 CHLACHAIR NA DUTHCHA.

Jonn.—“Teann, teann, teann a bhodaich,” &c.

'S an a chonuidh 'n Tigh nan Innseag,
 A tha 'n t-oigfhear a tha siobhalt'
 Companach dhaoin' Uaisle, is Isle ;
 Fear mo chridh'-sa Daibhidh Cro.

'S mor a mheas, is pait a chiu san,
 Aig ard oighreachan na dutchua,
 Fear Lunga, is Tigbearna dh' Iura ;
 'S Poltalloch le luchairt mhor.

Tha 'n aitreadh-san uilc fo churam,
 'S e ga cumail ladair, uraicht' ;
 Cha n-eil clach na crann a mhuthas ;
 Nach faic e lc shuil gun chroic.

Bha e gle-dhual dha o shean-athair,
 'S na b-fhaide air ais ge do leanainn,
 Na caisteil a thogail gu sgeineil ;
 'S a bhith eeanalt anns gach doigh.

ORAN

DO DONNACHA AGUS IAIN MAC CALUM, MARSONTAN FION
 ANN AN DUN-EDIN.

Fonn.—“*Fhir a bhat a,*” &c.

Seinneam cliu nam fleasgach siobhalt,
 Tha'n sraid Mhic Neaoil an stor an fhiona,
 Ceithir fichead is a tri-deug ;
 'S e sud an t-aireamh gu'm b'aill leam fhein dol.

Se sud an t-ionad sam bi an t-eibhneas,
 Nuair thig na Gaidheil an ceann a cheile,
 Gheibh am Bard a bheir Gaelig reidh dhoibh ;
 Pog-an laimh, a bhcir rann o bheul san.

Aig taobh Loeh-tadhadh, is mu Ghleann-Liobhan,
 Bha an seorsa, a mcas, 's an riomhadh,
 Ach 's e 'n ceann-feadhna, 's an Caraид dileas ;
 Triath Pholtalloch, 's c Calum fhein e.

Sud am Fine a tha bràdhar,
 Gaeh fear aca, a chuircas buainidh,
 Ann am Breacuinn 's paitl an uaislean,
 Tha mcur dhiu 'n Erin, 's chaidh treabh thair euan dhiu.

O mheud caoimhneas na'n Gillean og a,
 'S e mo ghuidhc dhoibh rogha posaidh,
 'S mor thoilinntinn nam pailteas storais ;
 Chuir iad ri cheile, le'n eil 's le'n seoltachd.

CEARC NA CAILLICH.

Diugag, Diugag chalta,
 'S tric a rug thu lamh rium,
 Annlan a bhuntata ;
 Air son trath na madainn.

Thigheadh tu a gradan,
 'S luidhe tu gu samhach,
 Anns a plaide lamh rium ;
 'S bha 'm fear ban ud agam.

Cha be udh an dreollain,
 A bheireadh tu dhomhsa,
 Ach cagas udh geoidhe ;
 Dheanamh lon do dh' fhamhair.

Dh' fhalbhadh tu neo-sporsail,
 Gun Ghog, gun Ghog-go uait,
 Mar nach dean do sheorsa ;
 Cha robh 'n doigh-san agad

**ORAN DO CHAILEAG OG A BHA GLEIDHEADH
TIGHE AIR DHI A BHI DOL ON BHAILE.**

SEISD.

De ma theid thu dh' Ederlin,
A ri gur tu bhios beadrach,
De ma theid thu dh' Ederlin.

Ma thcid thu suas, cha tig thu nuas,
'S gur truagh sinn 'n am an eadraidh.
De ma theid thu, &c.

Bith'dh Gilleasbuig is mi fein,
Gun mhir a dheth bean deasachaидh.
De ma theid thu, &c.

Bith'dh 'n erodh-baine air bheag feum,
Gun te aguinn a leigis iad.
De ma theid thu, &c.

**ORAN ISEABAL NIC COLLA,
DA LEANNAN AIR DHA COINEAMH A DHEANADH
RITHE AIR OIDHCHE SHONRUICHTE AGUS AMHARC
ORRA LE SUARACHAID AN LATHAIR CUIDEACHD.**

SEISD.

O na'n tigeadh tu Fhionnlaidh,
E na'n tigeadh tu Fhionnlaidh,
O na'n tigeadh tu Fhionnlaidh,
Dh' eireadh mo chridh-sa a t-ionnsuidh.

Chunnaie mi 'n Adh nan Cradh thu,
 Oidhehe Nollaig, sa Bhal leinn,
 'S nuair nach do tharruing thu lamh riùm;
 Sud i an t-shaighead a ehraidh mi.

O na'n tigeadh tu, &c.

Chairrich a chuibhle neo-eibhinn,
 Cionnas a thaehair eha leir dhomh,
 Theagamh gu'n d' amais ort te-eigin;
 Tharruing le 'meall shuil ri fein thu.

O na'n tigeadh tu, &c.

'M fheudail thu dh' fheara na dile,
 'S mise nach fagadh shios thu,
 'S gcd a bhith'dh mearachd ri inns' ort';
 'S mise gu'n gleidheadh i diomhair.

O na'n tigeadh tu, &c.

Gur h-c Ciobair nan caorach,
 Fhuair gu buileach mo ghaol-sa,
 'S gar an dean e mo thaobhsain;
 'S math leam gu math e ri shaoghal;

O na'n tigeadh tu, &c.

ORAN DO MHAIRI NIC COLLA.

Fonn.—“H-il u, h-il o, h-il oirn an,” &c.

A Mhairi Bhan biodh thiota 'n so,
 Am buntata fas na iteagan!
 Gcd bhith'dh coircanan an t-shaoghal ort,
 'S aobhaeh ann an Citsinn thu.

Bu mhath an tu's an t-shamhraidh thu,
 A dheanamh Lit, is Cabhruch dhuinn,
 Ged a thuirt Mac Phail na mhi-mhodh ;
 Nach robh ni 'sa cheann agad.

Shaoil Lisi, is a Bhanarach,
 Gum fagadh iad gun leannan thu,
 Aeh bith'dh tu sinte ri d' dhuin' og ;
 'S iad na'n sean doigh ri 'n aimecadachd.

Ged rinn saor an daraieh ud,
 Dichuimhn' chrion ear tamul ort,
 'S einnteach mi gun till e ri'st ;
 'S gum faigh thu 'n ni bu mhath leat uaith.

RANN AIR EADAR-THEANGACHADH.

An leoir dhomh so, 'n dean riasan ach a radh,
 Seachain an doimhneachd 's na tig dluth do'n traigh,
 A thi nam beus tha 'n cuan na beatha strigh ;
 Tha aig a Chriosduidh eol' tha ortsa dhith :
 Le gealtachd leanabaidh, seanachas de eha ghlcidh,
 Aig iartas dleasnais their e ni mi e,
 Air miltean cunart bheir e aghaidh dhan ;
 'S a dhuil na Dhia thig e o 'm beul gu slan.

ORAN A RINNEADH ANN AN ZETLAND.

De chuir mi idir ;
 A thighinn an taobh so ;
 Far nach eil smid ac' ,
 Do bhruidhinn uan daoine ,
 Leis an d-fhuair mi fcin 'm arach ;
 O 'n bha mi 'n am phaiste :
 Gu deireadh mo laidhean ,
 An gradh aig gach aon dhin .

Duthaich mhi-nialar ,
 Gun bhiadh , na gun aodach ,
 'Ncarbsa ri iasgach ;
 'S gun e 'm bliadhna ri fhaotainn :
 'S tric bathadh ga dheanamh ,
 Mu na cladaichean fiadhaich ;
 'S na mnaithcan is briaghaidh ;
 Call an cial mu'n cuid daoine .

Tha ua cnamhau ri fhaiciun ,
 Romh sheiche a Chaiteil ,
 'Na caoraich mhaol , bhracan ;
 Anns gach glaic air an toireadh :
 A ghreibheinn is boidhche ,
 Dol bas a dhith feoir ann ,
 Ma mhiothair gainne mo storais ;
 Bhith'dh drobh dhiu air thaod leam .

Nam bithinn air faidhir ,
 Is fishead dhiu agam ,

Bhith'dh Fear Chille-chamaig;
 A faraid an aois dhiom :
 Deonach gu ceannach,
 Ach co sheolta na labhairt,
 'S nach tuigeadh fear aineol ;
 Gu'm bu mhath leis a h-aon dhin.

'Nuair a dhluthchaidh bargan,
 Bhith'dh am Baillidh neo-clearbach,
 Toirt tarruing air airgiod ;
 'S e dearbh 'nach e fheum orr' :
 Thug dha bhith ri ceannach,
 Ach nach baill leis gunn mhalaire,
 Bhith aige ri charaid
 O n' thachair air Feill iad.

'Nuair dheanadh-mid cordadh,
 'S a shuidhe-mid comhladh,
 Mu dheoch 'san Tigh-osd :
 Cha bi bhoirn dheanamh feum dhuinn :
 Bhith'dh fonn air na h-orain,
 Aig Dughall 's aig Donull,
 Gun mhi-chliu do 'n Cheolraidh ;
 A shonruich dhoibh fein iad.

ORAN DO MHAIGHISTIR PARUIG CARRON,
 MARSONTA MOR AODAICH ANN AN DUN-
 EDIN.

Fionn.—“ *Alasdair's cruinn air luing na crannag
 thu,*” &c.

SEISD.

'S siobhailte suairce,
 An t-uasal Carron,
 Fear dheanamh an fhuasglaidh ;
 'S cruadal teannadh ruinn :
 'S siobhailte suairce,
 An t-uasal Carron.

Sibhse tha ruisgt',
 Gun sgillinn 'nar puids',
 Ruigeadh a bhuth ;
 'S cha diult e falluing dhuibh :
 'S siobhailte suairce, &c.

Tuigidh e 'n run,
 Le platha d'a shuil,
 'S am fear a bhios fiu ;
 Theid curneach thairis air.
 'S siobhailte suairce, &c.

Bu dual da o sheors',
 Bhith duineil 's gach doigh,
 'S e shliochd nam fear mor ;
 Thug coir le claidheamh 'mach.
 'S siobhailte suairce, &c.

Tha e shliochd nam fear treun,
 A chluicheadh an Fheill,
 'S a chuireadh ratreat ;
 'S sillelah 'n tarruing ac'.
 'S siohhailte suairce, &c.

ORAN DO NIGHEAN OG,

AIR DON UGHDAIR A FAICINN ANN AN DROCH
 SGEUDACHADH.

Naile chaidh thu an ad dheistinn,
 Chi mi troimh 'n chota do leine,
 Cha n-eil fear an taohh so dh'Erin ;
 Air 'n tig teum dhol thugad-sa.
 'S cinnteach mi gun caill thu Martuinn,
 Lamh cha toir e tuille ort,
 On a chunnaic e do ghnathachadh,
 Leis a gharlach Mhuileach ud ;
 Chunnaic e thu 'd t-shuidh' air dluth,
 'S a lamh mu chul do mhuineil-sa,
 Nuair a hha e fcin sa chuil ;
 A call nan sul gu muladach.
 Ged a chaidh' e 'n raoir don Bha-thigh,
 'S fhada mu'n do shuidh' e lamh rint,
 Air an leahaidh mar a b' abhaist ;
 Bha ardan na dunach air :
 An t-aodan sin hha roimhe han,
 Cho dearg 's an scarlaid dh'fhuilich e,
 An cridhe sin hha roimhe blath ;
 Cho fhuar 'san cal, hith'dh tuille riut.

'S mor am beud nach dh'fhalbh thu leo,
 Gar 'm bith'dh a bbrog, na 'n eurachd ort,
 Gar an tillidh tu ri bheo ;
 Cha chluinntc bron an Lunga so.
 Cha luaithe thig an Fheill Breininn,
 Na dh'fhagas easan le sgrean thu,
 Bith'dh thus' air a dheigh a meilich ;
 Is feulach na dunach ort.
 B' fhearr nach d' chuir e lamh ort riamb,
 Ma thig do chiall gu builceach uait,
 'S gun d' dh'fhan thu le Scot 's an t-shliadh ;
 'S eha rachadh meur le duine ort.

ORAN NA GAIBHRE.

SEISD.

Tha baine aig a Ghabhair chruim,
 Ghabhair chruim, Ghabhair chruim,
 Tha baine aig a Ghabhair chruim ;
 Chumas annlan ruinn nis leoir.

Fhuair mi' Ghabhar ud o 'm charaìd,
 Uasal, aoibheil, Maighistir *Vallance*,
 Marsonta mor guail a bhaile ;
 Nach leig dith an aingeal oirn.

Tha baine, &c.

Nuair blitheas a minnean na deigh,
 'S an Earrach na 'n toiscach Mhaigh,
 Cha bhi iundrainn air an trend ;
 Cha bhi feum orra nis mo.

ORAN

DO DH'FHEAR A FHUAIR ORD CHLACH AGUS A
THEANN RI BHI NA CHLACHAIR.

Fionn.—“*Ilirin Alairin i,*” &c.

Nis on a fhuair thu an tord,
'S Clachair thu tuille ri d' bheo,
'S ro mhath mhaise dh' Iain mor og ;
Mar misd' a lon ri laithean e.

Ná 'n tigeadh Gallachoille nios,
'S gum faigheadh tu leasan air strigh,
Thogadh tu ri fear tha 's tir ;
Na 'n deanamh innleachd, 's carachd e.

(*Freagradh Ghallachoille.*)

Iain glac thusa ciall,
'S na bi farpais ris a bhiast,
'S mairg a leig e' chrannaig riamh ;
'S gun fhacal fior a chanas e.

RANN COLUINN,

A CHAIDH A RADH RI CURSTAN CHAIMBEUL,
NIGHEAN OG A MHUINTIR LUINNE, A THA NIS
ANN AN DUN-EDIN.

A nionag a chuil duinn,
Cum air chuimhn' an doigh,

B' abhaist bhith ann an Luinn ;
 Aig na suinn nach beo :
 Cuir a nuas gu luath,
 Botal, 's cuach air bord,
 Dun do dh'aran cruaidh ;
 'S cais' na chnuachdan mor :
 'S fagaidh mi do chliu,
 Ur gach lath ri d' bheo,
 Thoir glaodh air 'm Fhear-cinnidh
 Fear a chridhe mhoir.
 Giomanach an fhirich,
 Shirrcadh damh na croic ;
 Innis dha gun d' thainig,
 A chairdean air nan trend,
 A cuir romp gun fhagail ;
 Dheasbhuidh pairt do'n Fheisd :
 'S cinnteach mi gun d' tig e,
 Ann am misnich ard,
 Le shearrag 's le shlige ;
 Mcasail, mar a b' abhaist.

ORAN DO MHAIREARAD, NIC AN T-SHAOIR
 AN AN LUINN, MAR GU BAN LE LEANNAN.

SEISD.

A nionag a chuil dualaich duinn,
 'S an ort fhein a dh'eiridh 'm fonn,
 A nionag a chnil dualaich dninn.

B' fhearr gun d' tug thu cul ri Martuinn,
 Is gun d' rinn thu taladh rium.

A nionag a chuil, &c.

'S ioma oighfhear a thug speis dhuit,
Gar am bheil do spreidh 'sa Gleann.

A nionag a chuil, &c.

Tha do ghruaидh cho dearg 'san caoran,
'S do chneas mar fhaoilin nan tonn.

A nionag a chuil, &c.

Tha thu modhail, banail, beusach,
'S an dhomh fein nach leir do mheang.

A nionag a chuil, &c.

Nuair a shuidhe tu air cuidhil,
Bu reidh, 's bu rithinn do shnathainn.

A nionag a chuil, &c.

Roth mu 'n cuairt gu luath na leuman,
'S an leam a b' eibhinn a shrann.

A nionag a chuil, &c.

De cha doigh dhuinn bhith gun eideadh,
'S tu cho gleusta cuir na cheann.

MARBH-RANN DO CHOIRNEAL UILLEAM MAC
AN ROICH, INBHEAR-AORADH.

Jonn.—“*Och a Mhuire 's mo dhunaidh,*” &c.

Thainig sgeul oirn o Lunnain,
Rinn air reubadh gu guineach,

Gun d tug cug uain' an curaidh ;
 Bu mhor feum anns a chumasg :
 Laoch treun, a bha 'n urram,
 'S ann an speis aig gach duine do 'n t-shluagh.
 'S ann an speis aig gach duine do 'n t-shluagh.

Ged bhith'dh armait Righ Deorsa,
 Air an tarruing an ordugh,
 Chum an toghadh reir foghlum ;
 Na crualad 'sa chomh-strigh ;
 Be'n roghain 's gach doigh e,
 Roach gasta, mo leon e bhi uain',
 Roach gasta, mo leon e bhi uain'.

Gruaidh dhearg thana mar mhaighdean,
 Suil ghorm mhcallach mar Dhaoimean,
 A dearsa le boisgeadh ;
 Ann an aghaidh an t-shaighdear :
 Cridhe rumail, gun fhoill ann,
 Fial fiughantach, coimhneil gun chruas,
 Fial fiughantach, coimhneil gun chruas.

Ach na'n cuirte air faran,
 Bhith'dh a naimhdean dheth galach,
 'S iad am feum air am falach ;
 O leirsin an cabhaig :
 'S e na eideadh gu gearradh,
 Dol na leum, mar an dealanach luath,
 Dol na leum, mar an dealanach luath.

TUIREADH.

Fionn.—“Mort Ghlinne Comhan.”

Tha Feannagan Lunga,
 A tuircadh gu muladach, truagh,
